

Lèirmheas Ionnsachadh aig an Dachaigh

An Lùnastal 2018



EducationScot



@Educationscot



Clàr-innse

Taobh-duilleig

Facal-toisich 3

Geàrr-iomradh	4
---------------	---

1. Adhbhar 7

2. Co-theacsa 8

2.1 Cùl-fhiosrachadh 8

2.2 Lèirmheas air poileasaidh 8

3. Dè a tha ann an ionnsachadh aig an dachaigh? 9

3.1 Carson a tha ionnsachadh aig an dachaigh cudromach? 10

3.2 Lèirmheas air fianais 10

3.3 Dè na cnapan-starra a tha ro ionnsachadh aig an dachaigh? 15

3.4 Leasachadh luchd-obrach 19

3.5 Geàrr-iomradh 19

4. Dè as coltas do ionnsachadh aig an dachaigh? 21

4.1 Eisimpleirean de ionnsachadh aig an dachaigh? 21

4.2 Rannsachadh cùise Eisimpleirean de ionnsachadh aig an dachaigh? 23

5. Co-dhùnadh 25

5.1 Prìomh theachdaireachdan agus mholaidhean 25

5.2 Geàrr-iomradh 26

6. Modhan-obrach 27

6.1 Lèirmheas de phoileasaidhean agus ro-innleachdan 27

6.2 Lèirmheas de fhianais 27

6.3 Leasachadh mìneachadh de ionnsachadh aig an dachaigh 27

Pàipear-taic A – Sgrìobhainnean Co-cheangailte 28

Liosta leughaidh 33

FACAL-TOISICH

'Is iad na pàrantan a tha an sàs aig an toiseach agus ann an riochd leantainneach ann an ionnsachadh an cuid chloinne agus, mar sin, bu chòir dhaibh a bhith a' faighinn fiosrachadh agus taic gus an cuideachadh ann a bhith a' leasachadh ionnsachadh an cloinne aig an dachaigh, sa choimhearsnachd agus san sgoil'.

(Achd Sgoiltean na h-Alba (Dol an Sàs Phàrantan) 2006, Stiùireadh)



Tha an lèirmheas seo a' toirt a' chiad mhìneachadh Albannach de 'Ionnsachadh aig an Dachaigh'. B' e an t-amas a bha againn mìneachadh a dheilbh a bha furasta a ruighinn agus a thuigsinn de ionnsachadh aig an dachaigh agus soilleireachd a thoirt do luchd-obrach agus do phàrantan.

Tha clann ag ionnsachadh bhon mhòmaid a tha iad air am breith – tha iad a' tòiseachadh a' togail fiosrachaidh agus a' dèanamh ciall dhen t-saoghal aca. Cho math ri bhith a' toirt dhaibh clachan-oisein airson fàs agus leasachadh: biadh, cofhurtachd agus tèarainteachd, bidh pàrantan cuideachd gam brosnachadh gu nàdarra tro bheatha an teaghlaich, gnìomhan làitheil, geamannan, rannan agus cànan a tha a' cuideachadh leanabh a bhith ag ionnsachadh. Tha mòran de na gnìomhan sin mar phàirt den bheatha làitheil agus a' gabhail a-steach a bhith ag ullachadh agus ag ithe biadh còmhla, a' nigheadaireachd, a' ceannach sna bùithtean, a' coimhead an telebhisein agus a' tadhal air teaghlach agus caraidean. Don chloinn as òige tha na gnìomhan sin nan cothroman a bhith a' rannsachadh agus ag ionnsachadh.

Tha dreuchd chudromach aig pàrantan ri choileanadh ann a bhith a' cuideachadh le ionnsachadh agus leasachadh an leanabh aig an dachaigh. Ach, aon uair 's gum bi an leanabh a' tòiseachadh san sgoil, chan eil e an-còmhnaidh furasta fios a bhith aca mu mar as fheàrr a thèid an cuideachadh. An dèidh sin, mar a bhios a' chlann a' fàs nas sine faodaidh e a bhith furasta dìochuimhneachadh a' bhuaidh làidir a tha fhathast aig an dachaigh agus a' choimhearsnachd air an ionnsachadh agus an leasachadh.

Tha ionnsachadh aig an dachaigh ag aithneachadh na dreuchd chudromach a tha aig pàrantan, buill teaghlaich, comhaoisean agus luchd-obrach ann an ionnsachadh agus leasachadh chloinne. San sgrìobhainn seo gheibhear lèirmheas litreachais, fiosrachadh mu phoileasaidh agus reachdas cho math ri ceanglaichean ri rannsachaidhean-cùise air an Ionad Leasachaidh Nàiseanta mu cò ris a tha ionnsachadh aig an dachaigh a' coimhead coltach ann an cleachdadh.

Gayle Gorman
Ceannard

GEÀRR-IOMRADH

Cùl-fhiosrachadh

Tha [Programme for Scotland](#) aig Riaghaltas na h-Alba a' comharrachadh grunnan thùs-amasan a tha a' gabhail a-steach: a' cumhachdachadh phàrantan, thidsearan agus chloinne gu bhith a' dèanamh prìomh cho-dhùnaidhean mu bheatha an sgoile; siostam foghlaim a bheir na sgilean, taic agus eòlasan do chlann agus dhaoine òga a dh'fheumas iad gus an amasan a choileanadh; coimhearsnachdan làidir is sàbhailte a stèidheachadh; a' bheàrn coileanaidh a dhùnadh; coileanadh àrdachadh airson nan uile; agus a' leasachadh chothroman beatha chloinne agus dhaoine òga ann an Alba.

Carson a bhith ag ionnsachadh aig an dachaigh?

Chan eil clann agus daoine òga ann an Alba a' caitheamh ach mu 15 sa cheud de na h-uairean a tha iad nan dùisg san sgoil. Tha an 85 sa cheud den ùine eile aca air a chaitheamh aig an dachaigh no nan coimhearsnachd agus tha seo na chothrom cudromach airson ionnsachadh. (OECD, 2014). Tha na bhios pàrantan a' dèanamh len cuid chloinne aig an dachaigh nas cudromaich na an inbhe sòiseo-eaconamach. Mar sin is urrainn do dh'àrainneachd ionnsachaidh bheòthachail taobh a-muigh na sgoile a bhith bunaitheach do an ruigsinneachd agus coileanadh.

Tha a bhith a' toirt soilleireachd agus a' chiad mhìneachadh Albannach de ionnsachadh aig an dachaigh deatamach ann a bhith a' cuideachadh luchd-obrach agus pàrantan a bhith a' toirt seo air adhart. Tha an lèirmheas seo a' gabhail sùim den fhianais a tha ri fhaotainn mu: leasachadh àrainn ionnsachaidh san dachaigh; èifeachdas ionnsachadh san dachaigh; a' toirt taic do phàrantan a bhith a' cuideachadh an cloinne san dachaigh; modh-obrach teaghlaich a thaobh ionnsachadh san dachaigh; agus cnapan-starra a thaobh ionnsachadh san dachaigh.

Mìneachadh Albannach mu ionnsachadh san dachaigh

'Is e ionnsachadh san dachaigh an t-ionnsachadh a bhios a' tachairt san dachaigh, air a' bhlàr a-muigh no sa choimhearsnachd. Faodaidh e a bhith a' gabhail àite tro thachartasan a bhios a' tachairt bho là gu là a tha teaghlaichean a' dèanamh a-cheana agus is urrainn dha co-obrachadh le taobhan de tachartasan ionnsachaidh ullachta no gnìomhaichte'.

(Lìonra Oifigearan Dol an Sàs Phàrantan na h-Alba, 2018)

Dòigh-obrach

Ann a bhith ag ullachadh an lèirmheis seo, bheachdaich Foghlam Alba air fianais bho rannsachadh nàiseanta agus eadar-nàiseanta agus chruinnich iad cùisean rannsachaidh bho luchd-obrach bho air feadh Alba. A thuilleadh air sin, chaidh tabhartasan co-chomhairleachaidh a chumail le luchd-obrach a thaobh a bhith a' leasachadh a' mhìneachaidh mu ionnsachadh san dachaigh. Bha luchd-obrach thar Alba an sàs sa mhìneachadh agus chuidich iad ann a bhith a' leasachadh an lèirmheis.

Co-dhùnaidhean

Tha raon de phrìomh theachdaireachdan agus mholaidhean an cois an lèirmheis seo airson luchd-poileasaidh, ùghdarrasan ionadail agus luchd-obrach. Tha rannsachadh a' sealltainn gun urrainn do ionnsachadh aig an taigh buaidhean mòra ann an ùine nas luaithe agus ann an ùine nas fhaide a thoirt air clann ann an diofar dhòighean. Tha iad sin a' gabhail a-steach tràth-ionnsachadh chloinne, coileanaidhean nas fhaide air adhart, altram, fulangas, sunnd, gluasad sòisealta agus sgilean beatha. A thuilleadh air sin, the tràth-leasachadh cànanach agus cognatach ann an clann co-cheangailte ris na

tha pàrantan a' cur an seilbh ann an ionnsachadh aig an dachaigh. Ach, tha cuid de phàrantan agus teaghlaichean as dòcha a dh'fheumas taic (Kluczniok et al, 2013; Hunt et al, 2011; Goodall agus Vorhaus, 2011). Is dòcha gum bi suidheachaidhean/sgoiltean airson beachdachadh air modh-obrach ionnsachadh teaghlaich gus an uidheamachd a thoirt do phàrantan, teaghlaichean agus clann a bheir dhaibh an cothrom leantainn orra ag ionnsachadh bhon dachaigh còmhla. Mar sin tha a bhith a' toirt taic do phàrantan ann an cuideachadh le ionnsachadh an cloinne aig an dachaigh 'na phàirt dheamach de bhith a' leasachadh bhuilean chloinne, gu sònraichte do chlann bho dhachaighean le dìth cothruim' (Hunt et al, 2011). Leis gum faodadh gum biodh tuigse eadar-dhealaichte aig diofar luchd-obrach agus phàrantan mu dè a tha an cois ionnsachadh aig an dachaigh, cuidichidh an lèirmheas seo ann a bhith a' soilleireachadh chùisean. Tha a bhith a' cur an cuimhne luchd-obrach agus phàrantan mu chudromachd agus buaidh ionnsachaidh aig an dachaigh air adhartas leanaibh, na prìomh nì ann a bhith ag àrdachadh coileanadh agus a' leasachadh bhuilean. (Hunt et al, 2011; Kluczniok et al, 2013).

A' Glusad air adhart

'Tha gnìomh leasachaidh aig cridhe a bhith a' faighinn builean nas fheàrr airson ar cloinne'.

(Frèam-obrach Leasachaidh Nàiseanta, 2017, td19)

Tha a bhith a' leasachadh bhuilean airson ar clann agus teaghlaichean na prìomh chuimse dhuinn uile. Feumaidh na prìomh theachdaireachdan agus mholaidhean bhon lèirmheas seo a bhith air an toirt air adhart le luchd-ùidh iomchaidh. Leanaidh Foghlam Alba, Riaghaltas na h-Alba, ùghdarrasan ionadail, buidhnean treas earrann, luchd-obrach, luchd-rannsachaidh agus feadhainn eile a tha an sàs ann an ionnsachadh aig an dachaigh orra ag obair ann an dlùth chom-pàirteachais gus iad sin adhartachadh. Tha na gnìomhan bho na prìomh mholaidhean ann an Earrann 5, a dh'fhaodadh luchd-stiùiridh ro-innleachdail, luchd-obrach agus luchd-rannsachaidh a dhèanamh, air an liostadh gu h-ìosal.

Ro-innleachdail

- Feumaidh ionnsachadh aig an dachaigh a bhith air a neartachadh mar a tha sin air a mhìneachadh anns an Lèirmheas air a' bhuaidh air Achd Sgoiltean na h-Alba (Dol an Sàs Phàrantan) (2006).
- Faodaidh tuigse eadar-dhealaichte a bhith aig luchd-obrach agus pàrantan mu dè a tha ann an ionnsachadh aig an dachaigh. Bu chòir do dh'obair a bhith air a dhèanamh ann an com-pàirteachas gus dèanamh cinnteach gu bheil soilleireachd agus tuigse cho-roinnte ann mu dheidhinn. Tha feum air atharrachadh cultarail cuideachd gus gluasad air falbh bho na beachdan cumanta nach eil ionnsachadh aig an dachaigh a' ciallachadh càil ach obair-sgoile a bhithear a' dèanamh aig an dachaigh.

Gnìomhach

- Bu chòir do luchd-obrach a tha ag obair le teaghlaichean beachdachadh air ionnsachadh proifeiseanta fad-dhreuchd ann am modhan-obrach ionnsachadh teaghlaich, modhan-obrach ionnsachadh inbheach, a' toirt phàrantan an sàs no trèanadh iomchaidh sam bith eile. Bu chòir cuideachd beachdachadh air a bhith a' leasachadh mothachadh luchd-obrach air cudromachd a bhith a' dol an sàs le pàrantan mu ionnsachadh aig an dachaigh. Bu chòir do luchd-obrach a bhith misneachail mu bhith a' tabhann fiosrachadh agus comhairle mu ionnsachadh aig an taigh.
- Bu chòir do dh'eadar-obrachaidhean le pàrantan agus teaghlaichean gus an cuideachadh a dhol an sàs ann an ionnsachadh an leanaibh a bhith ioma-fhillte agus fantainn mar prìomh thùs-amas.
- Bu chòir do sgoiltean leasachadh agus lèirmheas riaghailteach a dhèanamh air am poileasaidh ionnsachaidh aig an dachaigh tro cho-chomhairleachadh le pàrantan, sgoilearan agus a' choimhearsnachd.

- Bu chòir do luchd-obrach leantainn orra a’ daingneachadh do phàrantan agus teaghlaichean cho cudromach ’s a tha e a bhith ag ionnsachadh aig an dachaigh. Bu chòir mìneachadh den raon agus de na caochladh sheòrsaichean de ghnìomhan ionnsachaidh aig an dachaigh aig diofar aoisean agus ìrean a bhith air a thoirt do phàrantan agus teaghlaichean.
- Bu chòir do luchd-obrach obrachadh le buidhnean com-pàirteachais iomchaidh gus cuideachadh ann a bhith a’ toirt air falbh cnapan-starra a thaobh ionnsachadh aig an dachaigh.
- Bu chòir a bhith a’ toirt fiosrachadh agus/no stòrasan do phàrantan agus teaghlaichean gus an cuideachadh a bhith a’ toirt taic do ionnsachadh an leanabh aig an dachaigh. Bu chòir dhaibh cuideachadh fhaighinn gus a bhith a’ tuigsinn a’ churraicealaim agus an ionnsachadh a tha a’ gabhail àite san t-suidheachadh/sgoil gus a dhèanamh comasach dhaibh barrachd taic a thoirt dhaibh aig an dachaigh.
- Bu chòir do shuidheachaidhean/sgoiltean gu riaghailteach ionnsachadh na cloinne a choinn gus ionnsachadh san dachaigh a bhrosnachadh, taic a thoirt do chom-pàirteachasan dachaigh-sgoile agus dealbh farsaing a thogail de dh’adhartas agus coileanaidhean leanabh. Bu chòir iad sin a bhith air an cruinneachadh agus air an cleachdadh gus beàrnan sam bith ann an ionnsachadh agus leasachadh leanabh aithneachadh cho math ri bhith a’ comharrachadh an coileanaidhean.
- Bu chòir do Ro-innleachdan Dol an Sàs Phàrantan aig ìre roinneil, ionadail no sgoile a bhith a’ gabhail a-steach ionnsachadh aig an dachaigh.
- Dh’fhaodadh gum biodh suidheachaidhean/sgoiltean airson beachdachadh air modh-obrach ionnsachadh teaghlaich gus taic a thoirt do chlann a bhith a’ coileanadh nan ìrean as àirde, a’ lùghdachadh neo-ionannachd agus a’ dùnadh a’ bheàirn coileanaidh.

Rannsachadh

- Feumar tuilleadh rannsachaidh air a’ bhuaidh leantainneach a tha aig ionnsachadh aig an dachaigh thar Alba. Bhiodh seo a’ gabhail a-steach builean coimhearsnachd nas fharsainge.
- Feumar rannsachadh a bharrachd gus fianais a chruinneachadh mu ionnsachadh aig an dachaigh tro cho-chomhairleachadh le luchd-obrach, pàrantan, teaghlaichean, clann agus daoine òga.

1. ADHBHAR

Tha rannsachadh a' sealltainn 'an uair a tha clann agus daoine òga a' fuireach ann an dachaigh a tha taiceil a thaobh ionnsachadh, tha sin a' leasachadh buileachadh agus coileanadh'.

(2018 Frèam-obrach Leasachaidh Nàiseanta agus Plana Leasachaidh, 2017)

Tha na fhuairear a-mach bho [Lèirmheas air buaidh Achd Sgoiltean na h-Alba \(Dol an Sàs Phàrantan\) 2006](#) a' sealltainn 'gu robh mì-rian agus dìth tuigse gu coitcheann am measg phàrantan agus luchd-obrach mun diofar eadar obair dachaigh bhon sgoil agus a' bhun-bheachd mu ionnsachadh aig an dachaigh' (Fòram Phàrant Nàiseanta na h-Alba (NPFS), 2017, td19). Bha ionnsachadh aig an dachaigh cuideachd air a chomharrachadh le ceannardan-sgoile mar raon airson tuilleadh leasachaidh (NPFS, 2017). Faodaidh tuigsean eadar-dhealaichte a bhith aig luchd-obrach agus pàrantan mu ionnsachadh aig an dachaigh agus tha an lèirmheas seo ag amas air a bhith a' tabhann soilleireachd. Is e seo cuideachd a' chiad mhìneachadh a chaidh a dhèanamh a-riamh ann an Alba mu ionnsachadh aig an dachaigh.

Thathar air beachdachadh air an fhianais agus an rannsachadh nàiseanta agus eadar-nàiseanta a tha ri fhaotainn mu ionnsachadh aig an dachaigh. Bheir na chaidh fhaighinn a-mach cuideachadh do dh'ùghdarrasan ionadail agus luchd-obrach lèirmheas a dhèanamh air na ro-innleachdan agus na modhan-obrach a tha aca an-dràsta mu dhol an sàs phàrantan. Treòraichidh e luchd-obrach a thaobh a bhith a' neartachadh iall na dachaigh ann an [Lèirmheas air buaidh Achd Sgoiltean na h-Alba \(Dol an Sàs Phàrantan\) 2006](#) agus coinnichidh e ris na riatanasan ann am [Frèam-obrach Leasachaidh Nàiseanta agus Am Plana Leasachaidh](#) airson Foghlam na h-Alba agus ann an [Dùbhlán Coileanaidh na h-Alba](#) (2015). Cuidichidh na fhuaireas a-mach le co-dhùnaidhean poileasaidh san àm ri teachd.

Tha an teirm 'pàrantan' san sgrìobhainn seo a' ciallachadh dhaoine aig a bheil uallach mar phàrantan (sa bhrìgh a tha ann an earrann 1(3) de Achd na Cloinne (Alba) 1995 agus feadhainn eile a tha nan luchd-cùraim air neo a' coimhead às dèidh clann agus daoine òga. Tha neach le 'uallach phàrantan' a' ciallachadh cuideigin le còraichean agus uallachaidhean a tha aig pàrantan ann an lagh airson an leanab. Bidh aonadan teaghlach fa leth a' gabhail a-steach raon nas fharsaingeach de dhaoine a dh'fhaodas cuideachd a bhith a' cur ri fèin-fhiosrachaidhean leanabh a thaobh ionnsachadh aig an dachaigh.

Tha pàrantachadh corporra air a mhìneachadh ann an Achd na Cloinne agus nan Daoine Òga (Alba) (2014) mar 'chom-pàirteachasan foirmeil agus ionadail eadar na seirbheisean air fad ag obair còmhla gus coinneachadh ri feumalachdan chloinne, dhaoine òga agus feadhainn a tha fàgail cùraim'.

Airson adhbharan taic do chlann agus teaghlachan, 'tha leanabh a' ciallachadh neach a tha fo 18 bliadhna a dh'aois. Tha 'teaghlach', a thaobh leanabh, a' gabhail a-steach neach sam bith aig a bheil uallach phàrant airson leanabh agus neach sam bith còmhla ris a bheil an leanabh air a bhith a' fuireach Riaghailtean Chloinne 1995 (Alba).



2. CO-THEACSA

'...tha fèin-fhiosrachaidhean tràth ionnsachaidh aig an dachaigh deatamach a thaobh a bhith a' stèidheachadh bunaithean làidir airson sgoil-àraich, sgoil agus an dèidh sin'.

(Ro-innleachd Pàrantachdh Nàiseanta, 2012)

2.1 Cùl-fhiosrachadh

Is e prìomhachas leantainneach a tha ann an ionnsachadh aig an dachaigh leis an dràibhear dol an sàs phàrantan ann am [Frèam-obrach Leasachaidh Nàiseanta](#) agus am Plana Leasachaidh. Bidh taic do phàrantan 'gu bhith a' leasachadh an ionnsachaidh a tha a' dol air adhart aig an dachaigh a' toirt buaidh mhòr air buileachadh chloinne' (Hunt et al, 2011). A bharrachd air seo, 'is urrainn do eadar-obrachadh eadar pàrant agus leanabh aig an dachaigh buaidh chudromach a thoirt air leasachadh cànan agus litearras an leanabh' cho math ris a' bhuileachadh agus coileanadh (Scottish Book Trust, 2018).

A' leantainn air adhart bhon Lèirmheas air buaidh Achd Dol an Sàs Phàrantan 2006 (NPFS, 2017), rinn Foghlam Alba lèirmheas air an rannsachadh làithreach nàiseanta agus eadar-nàiseanta mu ionnsachadh aig an dachaigh. Às aonais mìneachadh foirmeil mu ionnsachadh aig an dachaigh, chaidh mìneachadh Albannach fhoillseachadh ann an com-pàirteachas le luchd-obrach air feadh Alba. Chaidh eisimpleirean de rannsachadh cùise mu cò ris a dh'fhaodas ionnsachadh aig an dachaigh a bhith coltach a dhèanamh cuideachd.

2.2 Lèirmheas air poileasaidh

Tha ionnsachadh aig an dachaigh a' nochdadh ann an grunnan phoileasaidhean agus ro-innleachdan Albannach. Tha iad sin a' gabhail a-steach:

- Frèam-obrach Leasachaidh Nàiseanta agus Plana Leasachaidh
- Frèam-obrach Ionnsachadh Teaghlaich (2018)
- Lèirmheas Achd Sgoiltean na h-Alba (Dol an Sàs Phàrantan) 2006 (2017)
- Rannsachadh gus Lèirmheas fhiosrachadh air buaidh (Achd Dol an Sàs Phàrantan) 2006 (2017)
- Lèirmheas Ionnsachadh Teaghlaich (2016)
- Dùbhlán Coileanaidh na h-Alba (2015)
- Ionnsachadh Inbheach ann an Alba: Aithris air Amas (2014)
- Ro-innleachd Pàrantachaidh' Nàiseanta (2012)
- Achd Sgoiltean na h-Alba (Dol an Sàs Phàrantan) 2006

Tha tar-shealladh mionaideach de phoileasaidh air a thabhan ann am Pàipear-taic A.

3. Dè a tha ann an ionnsachadh aig an dachaigh?

Tha dreuchd chudromach aig pàrantan ann an ionnsachadh agus leasachadh leanabh tro bheatha an leanabh. Is urrainn do shuidheachaidhean ionnsachaidh agus cùram-chloinne, sgoiltean agus coimhearsnachdan cuideachd prìomh phàirt a chluich ann a bhith ag aithneachadh, a' leasachadh agus a' goireasachadh seo.

Mineachadh Albannach mu ionnsachadh aig an dachaigh

'Is e ionnsachadh aig an dachaigh an t-ionnsachadh a bhios a' gabhail àite anns an dachaigh, air a' bhlàr a-muigh no sa choimhearsnachd. Faodaidh e a bhith a' gabhail àite sna tachartasan làitheil anns a bheil teaghlach an sàs agus is urrainn dha a bhith an lùib taobhan de ghnìomhan ionnsachaidh a tha air an cur air dòigh no ann an gnìomh'.

(Lìonra Oifigearan Dol an Sàs Phàrantan na h-Alba, 2018)

Is urrainn do ionnsachadh aig an dachaigh tachairt tro raon de thachartasan a' gabhail a-steach cluich, gnìomhan cur-seachad, tachartasan spòrsail, spòrs, cuairtean, fiosrachaidhean cultarail no saor-thoileach. Is urrainn dha cuideachd tachairt tro ghnìomhan co-cheangailte ris a' churraicealam, obair-dachaigh na sgoile, leughadh agus co-roinn leabhraichean. Is urrainn do ghnìomhan ionnsachaidh aig an dachaigh a bhith air an deilbh gu sònraichte gus cothrom a thoirt do phàrantan a bhith an sàs ann an ionnsachadh an leanabh agus togail air an ionnsachadh bhon sgoil no bhon t-suidheachadh tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne. Is urrainn dha cuideachd cothroman ionnsachaidh eadar-ghinealaich a thabhann don leanabh, an teaghlach agus an teaghlach nas fharsainghe agus a' choimhearsnachd. Is urrainn do chuid de theaghlach buannachd fhaighinn bho bhith a' cleachdadh modh-obrach ionnsachadh teaghlach gus taic a thoirt dhaibh le ionnsachadh aig an dachaigh (faic Earrann 3.2).

Tha luchd-obrach bho air feadh Alba air na facail a leanas a thoirt seachad mar eisimpleirean de ghnìomhan agus fèin-fhiosrachaidhean de ionnsachadh aig an dachaigh a bhios iad a' cleachdadh nan obair:



3.1 Carson a tha ionnsachadh aig an dachaigh

Chan eil clann ann an Alba a' cur seachad ach mu 15 sa cheud den ùine a tha iad nan dùisg san sgoil. Tha a' chlann nan dachaigh no sna coimhearsnachdan aca airson an 85 sa cheud eile den ùine agus tha seo na chothrom gu math mòr airson ionnsachadh (OECD, 2014). Tha mu 80 sa cheud den diofar mu dè cho math 's a tha clann a' dèanamh san sgoil an urra ri dè a bhios a' tachairt taobh a-muigh geataichean na sgoile agus mar sin tha ionnsachadh aig an dachaigh cudromach airson clann a bhith ag ionnsachadh agus a' leasachadh (Rasbash et al, 2010; Save the Children, 2013).

Tha buaidh nas motha aig na tha teaghlaichean a' dèanamh air ionnsachadh leanaibh na tha aig cò iad no an inbhe shòiseo-eaconamach. Tha pàrantachadh agus gnìomhan chloinne sna tràth-bhliadhnaichean air an comharrachadh ann an grunnan obraichean rannsachaidh mar a bhith a' dèanamh diofar chudromach do bhuilean san ùine nas fhaide airson clann (Melhuish, 2010). Mar sin tha a bhith a' toirt fiosrachadh do phàrantan mu cho cudromach 's a tha ionnsachadh aig an dachaigh deatamach, gu h-àraidh tro na tràth-bhliadhnaichean. Tha na dòighean eadar-dhealaichte a tha ionnsachadh aig an dachaigh a' toirt buaidh air clann, a rèir an rannsachaidh, a' gabhail a-steach:

- tràth-ionnsachadh leanaibh
- coileanaidhean nas fhaide air adhart
- altram
- fulangas
- sunnd
- gluasad sòisealta
- sgilean airson beatha

Tha a bhith a' togail dhàimhean làidir agus a' leasachadh tuigse eadar an dachaigh agus an sgoil a' toirt taic do ionnsachadh leanaibh. Tha fiosrachadh co-roinnte le pàrantan agus an sgoil/suidheachadh aca a' cuideachadh luchd-obrach a bhith ag atharrachadh am modh-obrach agus a bhith a rèir feumalachdan ionnsachaidh nan sgoilearan. Tha an obair com-pàirteachais eadar pàrantan agus suidheachaidhean/sgoiltean a' toirt cothrom nithean a dh'fhaodadh a bhith nan duilgheadasan agus nan cothroman a chomharrachadh aig ìre thràth agus dealbh fharsaing a thogail de adhartas agus coileanaidhean an leanaibh (Scottish Schools (Sgoiltean na h-Alba (Dol an Sàs Phàrantan) Stiùireadh Achd, 2006).

3.2 Lèirmheas air fianais

'Tha prògraman èifeachdach dol an sàs phàrantan am measg nan eadar-mheadhanan as urrainn cuideachadh ann a bhith a' dùnadh a' bheàrn coileanaidh a tha co-cheangailte ri sgoilearan bho dhachaighean le ana-cothrom eaconamach. Tha a leithid sin de phrògraman a' cuimseachadh air a bhith a' cuideachadh phàrantan a bhith a' cleachdadh ro-innleachdan iomchaidh gus taic a thoirt do ionnsachadh an leanaibh aig an dachaigh'.

(Sosu agus Ellis, 2014)

Cùl-fhiosrachadh

Tha fianais bhon Sgrùdadh Fàs Suas ann an Alba (2010) a' toirt mun aire gu bheil clann bho dhachaighean le dìth cothrom nas buailtich gun a bhith a' fèin-fhiosrachadh raon farsaing de ghnìomhan 'ionnsachadh aig an dachaigh' na tha clann bho dhachaighean aig a bheil cothrom nas fheàrr. An coimeas ri seo, tha clann a tha a' fiosrachadh raon farsaing de ghnìomhan leithid a bhith a' leughadh còmhla riutha, a' seinn, rannan chloinne agus a' tarraing dhealbhan bho aois òg, a' sgòradh nas àirde ann an deuchainnean comais cognatach aig aois 3 na tha clann le nas lugha de fhèin-fhiosrachadh de na gnìomhan sin.

Tha dleastanas air na h-Ùghdarrasan ionadail fon Achd ionnsachadh aig an dachaigh a ghabhail a-steach san Ro-innleachd Phàrantan an Sàs a tha aca. Tha dleastanas air suidheachaidhean agus sgoiltean cuideachadh ann a bhith a' dèanamh cheanglaichean eadar na nithean a tha air an teagasg agus cothroman ionnsachaidh a tha rim faotainn aig an dachaigh agus sa choimhearsnachd. Tha dreuchd shònraichte aca cuideachd ann a bhith a' toirt taic do phàrantan leantainn air adhart le ionnsachadh an leanabh aig an dachaigh.

Tha Achd Sgoiltean na h-Alba (Dol an Sàs Phàrantan) 2006 ag aithneachadh na dreuchd chudromach a tha aig pàrantan agus teaghlach ri choileanadh ann an ionnsachadh agus leasachadh na cloinne. San Achd, tha còir aig pàrantan a bhith a' faighinn fiosrachadh agus taic gus an cuideachadh a bhith a' leasachadh ionnsachadh an leanabh aig an dachaigh agus sa choimhearsnachd. Tha prìomh dhreuchd aig pàrantan ann a bhith a' tabhann nan clachan-oisein gus leigeil leis an leanabh aca ionnsachadh, fàs agus a thighinn air adhart tro ghnìomhan brosnachail mar gheamannan, rannan agus cànan.

A' leasachadh àrainn ionnsachaidh èifeachdach san dachaigh

'Tha stòras de rannsachadh a tha a' sìor fhàs a' moladh gur e deagh sgilean phàrant agus àrainn ionnsachaidh thaiceil san dachaigh a tha gu deimhinneach co-cheangailte ri tràth-choileanaidhean agus sunnd chloinne'.

(Comhairle Rannsachaidh Eaconamach agus Sòisealta, 2012)

Tha buaidh na h-àrainneachd ionnsachaidh san dachaigh 'fada os cionn nan tomhasan àbhaisteach de fhactaran sòiseo-deamografach teaghlach mar foghlam phàrantan, inbhe shòiseo-eaconamach agus teachd a-steach' (Sgrùdadh Fàs Suas ann an Alba, 2010, td3). Tha a bhith a' tabhann 'àrainn thaiceil ionnsachadh teaghlach cuideachd co-cheangailte gu deimhinneach ri tràth-choileanaidhean agus sunnd chloinne' (ESRC, 2012, td1; Kluczniok et al, 2013; Clarke agus Younas, 2017). Tha taic phàrantan do 'ionnsachadh ann an àrainn na dachaigha' dèanamh an diofar as motha do choileanadh' agus ag àrdachadh coileanadh nas motha na pàrantan a bhith a' toirt taic do thachartasan sgoile (Harris agus Goodall, 2007). Ach, tha an àrainn ionnsachaidh teaghlach de dh'ìoma-mheudachd agus tha e cudromach a bhith a' mìneachadh nan iomadh nithean fa leth a tha e a' cur ri ionnsachadh agus leasachadh chloinne cho math ris na builean a tha e a' coileanadh (Hartas, 2012).

Chan urrainn meudachadh 'tricead' dol an sàs phàrantan le ionnsachadh aig an taigh 'bacadh a chur air buaidh beàrn sòiseo-eaconamach air builean chloinne' (Hartas, 2011, td909). Tha raon de chaochladairean cùl-raoin ann leithid inbhe shòiseo-eaconamach, foghlam phàrantan agus meud teaghlach as urrainn buaidh a thoirt air teaghlach agus air àrainn ionnsachaidh na dachaigh. A dh'aindeoin sin, is urrainn do dhol an sàs phàrantan ann an ionnsachadh aig an dachaigh, beachdan phàrantan agus dòighean-giùlain faighinn thairis air na caochlaidhean cùl-raoin sin agus tha iad deatamach do choileanadh leanabh (Cole, 2011).

Tha a bhith a' leasachadh càirdeas eadar pàrantan agus an leanabh a' cuideachadh an leasachadh faireachail agus sòisealta. Faodaidh seo a bhith tro bhith a' freagairt air am feumalachdan ach cuideachd tro ghàire, beantainn riutha, gluasad bodhaig agus glacadh-sùla. Tha raon de bhuannachdan ann a bhith a' dèiligeadh ri leanabh san dòigh seo. Tha iad sin a' gabhail a-steach a bhith a' leasachadh sgilean fuasgladh cheistean, conaltradh faireachail, stèidheachadh fhaireachdainnean san àm ri teachd, dòighean-giùlain agus a' cuideachadh ann a bhith a' stèidheachadh chàirdeasan mar a bhios iad a' fàs agus a' dol air adhart. Tha a bhith a' stèidheachadh chrìochan agus ghnàth-chùrsaichean cudromach airson a h-uile leanabh. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' brosnachadh pàtrain cadail iomchaidh, ithe fhallain, glainnead pearsanta agus eacarsaich. Is e pròiseas dà-fhillte a tha ann a bhith a' togail air a' cheangal eadar pàrant agus an leanabh. Cuidichidh pàrantan a bhios a' dèiligeadh ri feumalachdan an

leanaibh, tro bhith ag èisteachd riutha gu furachail, an leanabh a bhith ag àrach dlùth cheanglaichean agus bidh sgilean conaltraidh fad-beatha air an leasachadh.

Tha a bhith a' faighinn a-mach tuilleadh fiosrachaidh mu sgilean corporra, faireachail, cognatach (sgilean smaoineachaidh), leasachadh sòisealta agus feumalachdan a' toirt cothrom do phàrantan a bhith a' tuigsinn nan diofar irean de shlighe ionnsachaidh leanaibh. Mar sin, tha a bhith a' leasachadh càileachd na h-àrainn ionnsachaidh aig an dachaigh agus ag atharrachadh dòigh-giùlain phàrantan na phrìomh cheum ann an cuideachadh le bhith a' dùnadh a' bheàrn coileanaidh (ESRC, 2012). Tha cuideachadh phàrantan a bhith ag ionnsachadh aig an dachaigh còmhla gu h-àraidh tro na bliadhnaichean tràth, air ro-innse a dhèanamh ann an sgrùdaidhean a chaidh a dhèanamh a-cheana air builean acadaimigeach suas gu aois 16 (Sammons et al, 2015).

Is urrainn do phàrantan agus teaghlaichean a dhol an sàs ann an raon de ghnìomhan ann an àrainn ionnsachaidh na dachaigh mar phàirt de fheartan àbhaisteach beatha teaghlaich. Dh'fhaodadh sin a bhith a' gabhail a-steach 'ùine air a chosg a' leughadh do chlann no a' brosnachadh chloinne gu bhith a' leughadh, na gnìomhan agus stuthan a bhios aig clann, cothrom air goireasan mar choimpiutairean agus cuairtean gu taighean-tasgaidh agus leabharlannan agus tùsan ionnsachaidh eile'. (Clarke agus Younas, 2017). Tha an t-seilbheachd seo de dh'ùine phàrantan agus teaghlaichean ann an àrainn ionnsachaidh an teaghlaich air a bhith 'a' toirt taic chudromach do leasachadh chloinne...agus cuideachd a' toirt taic cuideachd do litearras' agus coileanadh ann am matamataig (Dickinson agus Tabors, 2001; Reynolds et al, 2008). Is urrainn do dhol an sàs le agus a bhith gu gnìomhach a' com-pàirteachadh ann an gnìomhan ionnsachaidh leithid gairnealaireachd, bèicearachd, còcaireachd agus ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh, brosnachadh, ceasnachadh, luach a bhith ag ionnsachadh cho math ri miann a bhith ag ionnsachadh, a bhiathadh ann an clann (Clarke and Younas, 2017).

Tha sgrùdaidhean farsaing a' tabhann na fianais rannsachaidh a tha a' dearbhadh gu bheil brosnachadh ann an àrainn ionnsachaidh san dachaigh co-cheangailte ri leasachadh cognatach agus coileanadh chloinne, gu sònraichte aig fìor aois òg (GUS 2010; Cole 2011; Baker 2015). Tha an àrainneachd ionnsachaidh agus conaltraidh aig an dachaigh airson naoidheanan agus clann òga a' toirt buaidh air mar a thogas iad cainnt agus mar a bhios iad a' coileanadh an uair a thòisicheas iad san sgoil agus tha ceangal aige rin coileanadh ann am foghlam nas fhaide air adhart (Hamer, 2012).

Tha feartan a tha air sealltainn gun robh buaidh dheimhinneach aca air conaltradh chloinne a' gabhail a-steach tràth-chothrom air leabhraichean, frithealadh suidheachadh tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne agus raon de ghnìomhan ionnsachaidh aig an dachaigh. (Law et al, 2011). Tha na gnìomhan a tha gu follaiseach a' cuideachadh chloinne agus ag àrdachadh coileanaidh a' gabhail a-steach (Law et al, 2011):

- an leanabh a' cluich le litrichean/àireamhan aig an dachaigh – co-cheangailte ri coileanadh sna tomhasan air fad
- aire an leanaibh air a tharraing gu fuaimean, litrichean – co-cheangailte ri sgilean litearra, sgilean àireamhachd agus coileanadh neo-bhriathrach
- pàrantan a' leughadh còmhla ris an leanabh aca – co-cheangailte ri sgòran àrda sna builean air fad
- cuairtean chun an leabharlainn, taighean-tasgaidh, gailearaidhean – co-cheangailte ri ceangal deimhinneach ri cànan, litearras agus tràth-choileanadh le àireamhan an uair a thèid iad dhan sgoil
- pàrantan a' cuideachadh an leanaibh le raon de ghnìomhan, dèideagan a bhith aca – a' dèanamh ro-innse air briathrachas spreigeach an leanaibh
- pàrantan a' cuideachadh an leanaibh ann a bhith ag ionnsachadh òrain no rannan – co-cheangailte ri buaidh dheimhinneach chudromach air sgòran cànan an uair a thòisicheas iad san sgoil
- a' brosnachadh agus a' cuideachadh an leanaibh agad ann a bhith ag ullachadh biadh agus/no a' seatadh a' bhùird

- a' leigeil leis an leanabh agad do chuideachadh le obair DIY timcheall an taighe
- a' rannsachadh cuspair sa bheil ùidh agaibh air an eadar-lìon, ann an leabharlann no eile
- a' cuideachadh an leanabh ionnsachadh mu phàrtaidhean poiliteigeach mus tèid iad a bhòtadh
- ag obair còmhla ris an leanabh air diofar ghnìomhan me gairneilearachd, bèicearachd
- ag ionnsachadh dhan leanabh mar a chluicheas e/i inneal-ciùil

Thathar a' meas gu bheil 'na nithean a bhios pàrantan a' dèanamh a thaobh gnìomhan foghlaim agus stoidhle pàrantachaidh' a' dèanamh diofar thairis air farsaingeachd de raointean a' gabhail a-steach dòighean-giùlain agus measaidhean cognatach nas àirde. Tha an àrainn ionnsachaidh aig an dachaigh, gnàth-chùrsaichean teaghlach agus factaran saidhc-sòisealta àrainneachail cudromach a thaobh a bhith a' cuideachadh a' dùnadh nam 'beàrnan' ann an tràth-leasachadh chloinne (ESRC, 2012). Thathar a' meas gu bheil clann aig nach eil àrainneachd ionnsachaidh anns an dachaigh nach eil brosnachail 'a' co-fhreagrachd nas fheàrr ri solair ro-sgoile de dh'àrd-chàileachd na tha feadhainn bho dhachaighean aig a bheil àrd-irean de bhrosnachadh agus de dhùbhlann innleachdail' (Sylva et al, 2012).

Èifeachdas ionnsachaidh aig an dachaigh

'...chan eil teachd-a-steach leis fhèin gu leòr gus neo-ionannachd sòiseo-eaconamach a lùghdachadh ann an leasachadh litearrais agus sgilean sòisealta chloinne. Tha a bhith a' toirt taic do leasachadh chomasan phàrantan tro chothrom air foghlam agus trèanadh deatamach'.

(Hartas, 2011)

Tha ionnsachadh aig an dachaigh na phàirt chudromach de dh'ionnsachadh tro obair àbhaisteach làitheil. Tha cur an sàs phàrantan ann an ionnsachadh aig an dachaigh air fhaicinn mar a bhith 'a' cur gu deimhinneach ri leasachadh an leanabh le bhith ag àrdachadh sgilean leithid eagrachadh, planadh agus sgrùdadh agus cànan a tha a' cur ri ionnsachadh, cho math ri bhith a' brosnachadh gluasad gu ionnsachadh le bhith a' leasachadh ùidhean acadaimigeach agus a' dèanamh cheanglaichean eadar cuspairean sa churraicealam agus fèin-fhiosrachaidhean làitheil' (Hartas, 2011, td909). Ach, faodaidh seo a bhith an urra ri grunn fhactaran. Dòigh-giùlain phàrantan, modhan-obrach phàrantan, fèin-fhiosrachaidhean pàrantachd dheimhinnich, agus na dòighean anns am bi pàrantan ag eadar-obrachadh ris an leanabh aca, tha iad sin uile a' cur ri èifeachdas ionnsachadh aig an dachaigh agus ri builean fad-ùine nas fheàrr (Sylva et al 2012; ESRC, 2012; Sylva et al 2014).

Is urrainn do èifeachdas ionnsachaidh aig an dachaigh a rèir Hartas (2011) a bhith an urra ri 'dè cho uidheamaichte 's a tha pàrantan, a thaobh foghlam agus ionmhas gus fèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh an cloinne a mheudachadh' (td910). Is urrainn dha cuideachd a bhith a rèir 'ciamar', 'càileachd nan eadar-obrachaidhean' agus 'an suidheachadh sòiseo-eaconamach' sa bheil pàrantan a' toirt taic don leanabh aca aig an dachaigh (Hartas, 2011). Feumar beachdachadh air a bhith a' leasachadh chom-pàirteachasan le pàrantan agus teaghlachan agus a' toirt comhairle agus taic dhaibh gus cothroman dhan leanabh a bhith ag ionnsachadh aig an dachaigh, a mheudachadh.

Is urrainn do bhuidhean ionnsachaidh aig an dachaigh a bhith a rèir 'comas phàrantan a bhith a' dol an sàs ann an stòrasan ionmhasail agus innleachdail' (Hartas, 2011, td910). Bu chòir beachdachadh gu mionaideach air na seòrsaichean gnìomhan ionnsachaidh a tha air an cleachdadh le suidheachaidhean/sgoiltean gus dèanamh cinnteach nach eil comas ionmhasail a' toirt buaidh air na builean a tha san amharc no a' meudachadh neo-ionannachd am measg theaghlachan.

Is urrainn do gnìomhan ionnsachaidh aig an dachaigh comas leanabh a neartachadh a thaobh sgilean agus gnìomhan a choileanadh. Tha a bhith a' dol an sàs tric ann an gnìomhan ionnsachaidh a tha air am brosnachadh aig an dachaigh, a tha a' gabhail a-steach fèin-

fhiosrachaidhean neo-fhoirmeil a thaobh àireamhachd air nochdadh a bhith ag adhartachadh sgilean matamataig (Baker, 2015). Tha brosnachadh tro bhith ag ionnsachadh aig an taigh cuideachd 'co-cheangailte gu deimhinneach ri leasachadh cognatach, gu h-àraidh aig aois fìor òg' (Baker, 2015).

Ged a tha ionnsachadh aig an taigh a' toirt buaidh dheimhinneach air raointean acadaimigeach, a' tomhas an èifeachdais air leanabh 'dh'fhaodadh litearrachd agus leasachadh sòisealta ùine a thoirt a' tighinn am follais gu builean a chithear' (Hartas, 2011, td910). A dh'aindeoin sin feumaidh luchd-obrach agus pàrantan a bhith mothachail dha 'buaidh conaltraidh phàrant-leanabh agus gu sònraichte, buaidh ionnsachaidh aig an dachaigh agus an àrainneachd chonaltraidh sna tràth-bhliadhnaichean' (Hamer, 2012).

A' toirt taic do phàrantan a bhith a' cuideachadh le ionnsachadh an cloinne aig an dachaigh

Tha a bhith a' toirt taic do phàrantan gus an cuideachadh ann a bhith a' toirt taic do ionnsachadh an leanabh aig an dachaigh 'na phàirt riatanach de bhith a' leasachadh builean chloinne, gu sònraichte feadhainn bho chùl-raointean mì-leasaichte'.

(Hunt et al, 2011, td6)

Is urrainn do chonaltradh agus èisteachd ri pàrantan tric a bhith na chuimse làidir airson suidheachaidhean/sgoiltean ach tha sgrùdaidhean a' leantainn orra a' sealltainn gu feumar leasachaidhean a dhèanamh gus taic a thoirt do phàrantan ann a bhith a' cuideachadh an cloinne gu bhith ag ionnsachadh aig an dachaigh (Sylva, 2012). Shoilleirich sgrùdadh a rinneadh le Hunt et al (2011) ged a bha a' mhòr-chuid de phàrantan a' cumail orra leis an aon ìre de thràth-ionnsachadh aig an dachaigh an dèidh dhan leanabh tòiseachadh ann an suidheachadh tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne, gu bheil teaghlaichean far nach eil na h-inbhich ann an cosnadh a' dèanamh nas lugha. Tha a bhith a' togail mothachadh do cho cudromach 's a tha e a bhith a' cumail suas ìrean ionnsachaidh anns an dachaigh thar theaghlaichean gu sònraichte sna tràth-bhliadhnaichean a' cur feum air cuimse leantainneach, ged a bhiodh an leanabh a' frithealadh suidheachadh tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne. Feumar tuilleadh fiosrachaidh cuideachd gus mìneachadh, mar eisimpleir, nach leig ionnsachadh aig an dachaigh an-còmhnaidh a leas a bhith air a stiùireadh le pàrant agus gu faodadh cuid de ghniomhan a bhith a' gabhail a-steach clann ag ionnsachadh còmhla ri chèile (Hunt et al, 2011).

Is iad na h-eadar-theachdan aig a bheil buaidh dheimhinneach a thaobh lùghdachadh beàrn coileanaidh an fheadhainn a tha 'a' cuimseachadh air cuideachadh phàrantan a bhith a' cleachdadh ro-innleachdan iomchaidh gus taic a thoirt do ionnsachadh an cloinne aig an dachaigh' (Sosu agus Ellis, 2014, td25). Tha seo an aghaidh iad a bhith dìreach a' coimhead ri bhith ag àrdachadh amasan phàrantan airson foghlam an leanabh. Bu chòir do luchd-obrach a bhith daonnan a' neartachadh, chan e dìreach an rùn mu chudromachd ionnsachaidh aig an dachaigh ach a bhith cuideachd a' toirt mìneachadh air an raon agus an taghadh de ghniomhan ionnsachaidh aig an dachaigh a tha ann aig diofar aoisean agus ìrean. Le bhith a' toirt cuireadh do phàrantan gu suidheachaidhean/sgoiltean, a' togail suas chàirdeasan agus a' dèanamh co-roinn riaghailteach air ionnsachadh chloinne, faodar ionnsachadh aig an dachaigh a bhrosnachadh agus adhartachadh (Hunt et al, 2011). Is urrainn dhan mhodh-obrach seo cuideachd mìneachadh a dhèanamh air dreuchdan phàrantan agus luchd-obrach a thaobh ionnsachadh aig an dachaigh.

Bu chòir taic do phàrantan agus do theaghlaichean, gus an cuideachadh a bhith a' dol an sàs ann an ionnsachadh an leanabh, a bhith na phrìomh amas agus a' gabhail a-steach eadar-theachdan iom-fhillte. Bu chòir don eadar-theachd sin modh-obrach stèidhichte air so-mhaoin a chleachdadh agus tòiseachadh le bhith 'a' togail air neartan theaghlaichean' cho math ri bhith a' brosnachadh agus a' cleachdadh sgilean phàrantan (Hartas, 2011, td911). Bu chòir do eadar-theachd mar sin a bhith a' gabhail a-steach nan diofar dòighean sam bi pàrantan ag eadar-obrachadh agus ag ionnsachadh còmhla ri an leanabh (Hartas, 2011).

Bu chòir beachdachadh cuideachd air a bhith a' leasachadh mothachadh luchd-obrach air cho cudromach 's a tha e a bhith a' conaltradh ri pàrantan mu ionnsachadh aig an dachaigh. Bu chòir do shuidheachaidhean agus sgoiltean dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach misneachail mu bhith a' tabhann fiosrachaidh agus comhairle mu ionnsachaidh aig an dachaigh (Hunt et al, 2011).

Modh-obrach ionnsachadh teaghlach

Chan e beachd ùr a tha ann an ionnsachadh san teaghlach mar mhodh-obrach ach fear a tha a' cuideachadh le briseadh sìos cearcaill de bhochdainn is dìth-cothrom ann an coimhearsnachdan agus aig an aon àm a' cur ri àrdachadh eadar-ghluasad sgilean eadar ghinealaichean bhon phàrant gu leanabh agus bhon leanabh gu pàrant (Lèirmheas Ionnsachadh Phàrant, 2016). Tha fianais rannsachaidh a' sealltainn gu bheil ionnsachadh san teaghlach a' ruighinn air feadhainn a tha nas dualtaich a bhith a' fuireach sna sgìrean as motha sa bheil dìth sa Chlàr-amais de lomadh-dìth, a tha a' faighinn shochair, bho chùl-raon eitnigeach, nach eil cho dualtach a bhith air an oideachadh gu ìre ceum, a tha ag obair pàirt-ùine agus a tha boireann (Harding agus Ghezalayagh, 2014). Tha buannachdan fad-ùine an cois ionnsachadh san teaghlach leis gu bheil e a' toirt buaidh air dòighean-giùlain agus beachdan mu ionnsachadh thairis air an teaghlach air fad (van Steensel et al, 2011).

Tha a bhith a' toirt taic, ag uidheamachadh agus a' togail comais am measg phàrantan ann an Alba gu cur ri cothroman chloinne a thaobh ionnsachadh, na phrìomh nì a thaobh a bhith ag àrdachadh coileanadh agus a' dùnadh a' bheàrn coileanadh co-cheangailte ri bochdainn. Is urrainn do mhodh-obrach ionnsachadh teaghlach a bhith na bhrosnachadh do dh'inbich a dhol an sàs ann an cùrsaichean ionnsachaidh inbheach, cothroman trèanadh, a' faighinn cosnadh no ag ionnsachadh sgilean ùra. Tha seo an uair sin a' toirt buaidh sheaghach air coileanadh gach leanabh fa leth, an amasan agus an slighe ionnsachaidh phearsanta. (Lèirmheas Ionnsachaidh Teaghlach, 2016). Is urrainn do ionnsachadh teaghlach cuideachd a bhith a' furastachadh com-pàirteachas pàrantail agus dol an sàs nas motha. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh san [Review of Family Learning](#) (2016) agus san [Family Learning Framework](#) (2018).

3.3 Dè na cnapan-starra a tha ro ionnsachadh aig an dachaigh?

'Tha fianais a' comharrachadh gu bheil dol an sàs phàrantan ann an tràth-ionnsachadh a' toirt buaidh nas motha air sunnd agus coileanadh chloinne na tha feart sam bith eile, leithid teachd-a-steach teaghlach, foghlam phàrantan no àrainn sgoile.'

(Hunt et al, 2011)


Pàrantan

Tha pàrantan air mìneachadh a dhèanamh air grunnan fheartan a tha iad a' faireachdainn a tha a' lùghdachadh an comais air a bhith an sàs nas motha ann an ionnsachadh an leanabh. (Riaghaltas na h-Alba, 2005). Tha iad sin a' dol bho bhacaidhean air an taobh a-muigh air nach eil smachd aig pàrantan gu cnapan-starra fa leth a tha ann an suidheachaidhean beatha phearsanta neach (Riaghaltas na h-Alba, 2005).

Is urrainn do bhacaidhean on taobh-muigh a bhith ioma-thaobhach. Faodaidh bacaidhean a thaobh ionnsachadh aig an dachaigh a thighinn bho shuidheachaidhean sòiseo-eaconamach leithid bochdainn, pàtranan obrach no glasadh a-mach sòisealta. Tha ro-bheachdan pearsanta aig cuid de phàrantan mun ìre a bu chòir dhaibh a bhith a' dol an sàs ann an ionnsachadh an leanabh (Riaghaltas na h-Alba, 2005). Cha bu chòir dhan seo a bhith air a mheasgachadh leis an fhaoin-sgeul mu 'buaidh bochdainn' a tha a' moladh gu bheil 'nas lugha soirbheachais a thaobh adhartas ann am foghlam' mar thoradh air 'dìth amasan acasan agus/no aig am pàrantan' (CRFR, 2017, td1). Tha fianais bhon Sgrùdadh Fàs suas ann an Alba (CRFR, 2017) agus Bunait Joseph Rowntree (2011) a' toirt an aire nach eil clann a tha beò ann am bochdainn a' tòiseachadh le sùileachaidhean ìosal agus gu bheil na h-aon dòchasan agus aislingean aca 's a tha aig a h-uile duine òg. Ach faodaidh miannan a bhith a rèir 'sùileachaidhean agus bacaidhean

a tha san t-suidheachadh sa bheil iad, seach a bhith mar thaghadh saor de bhuid a thathar a' roghnachadh' (CRFR, 2017, td1). Ann an coimhearsnachdan anns a bheil ioma-ìre de dhìth, tha miannan phàrantan airson an cloinne àrd ach tha iad 'a' faireachdainn nach eil e comasach dhaibh a dhol an sàs ann an ionnsachadh an leanabh aig an dachaigh agus a' faireachdainn easbhaidheach nan eòlas agus nan fhèin-fhiosrachadh a bhith comasach an clann a chuideachadh' (CRFR, 2017, td1).

B' e co-òrdanachadh soilleir eadar àrd-amasan phàrantan airson an leanabh agus amasan an leanabh fhèin, nì a chaidh fhaighinn a-mach bho rannsachadh a chaidh a dhèanamh roimhe (Kintrea et al, 2011). Ach, tha a bhith a' toirt taic do dh'àrd-amasan a' ciallachadh 'a bhith ag obair còmhla ri pàrantan cho math ri daoine òga, gu sònraichte far a bheil na pàrantan iad fhèin ann an suidheachadh ana-cothromach' (Kintrea et al, 2011, td70). Bhathar dhen bheachd gur e eòlas phàrantan mun dòigh san deigheadh aca air amasan a dhèanamh fìor agus comasach an eileamaid a bha a dhith (CRFR, 2017) .



Faodaidh feum a bhith aig pàrantan agus teaghlachan aig amannan air taic bho luchd-obrach gus an cuideachadh a bhith a' toirt taic do ionnsachadh an leanabh aig an dachaigh agus an curraicealam a thuigsinn (Goodall agus Vorhaus, 2011). Tha e riatanach aig a' chiad dol a-mach càirdeas brioghmhor a stèidheachadh eadar teaghlachan agus an suidheachadh/sgoil agus bu chòir dhan seo a bhith a' dol an dà thaobh. Cuidichidh cuimseachadh air na prionnsapalan a bhith ag ionnsachadh aig an dachaigh an dèidh seo, le togail air a' chàirdeas agus na h-eadar-obrachaidhean eadar an suidheachadh/sgoil, cho math ri bhith a chùm buannachd theaghlachan.

A thuilleadh air seo, is dòcha gum bi feum aig pàrantan air taic agus cuideachadh gus an t-ionnsachadh a tha a' dol air adhart san t-suidheachadh/sgoil a thuigsinn. Feumaidh suidheachaidhean/sgoiltean cuideachd fiosrachadh fhaighinn bho phàrantan agus teaghlachan, mun ionnsachadh a tha a' gabhail àite san dachaigh cho math ri fios mun àrainn ionnsachaidh aig an dachaigh.

Obair-dachaigh

'Tha na sgoiltean anns a bheil na sgoilearan a' dèanamh an obair-dachaigh nas buailtiche a bhith nas soirbheachail'.

([Bunait Buaidh Foghlam](#), 2017)

Thathar a' meas obair-dachaigh mar 'obair a tha air a thoirt do sgoilearan leis na tidsearan aca gus a bhith air a dhèanamh taobh a-muigh nan leasan an àbhaisteach' (Bunait Buaidh Foghlam, 2017). Faodaidh an obair seo a bhith a' gabhail a-steach literras, àireamhachd agus gnìomhan

airson a bhith a' leasachadh sgilean ceasnachaidh no fuasgladh cheistean. Is urrainn do dh'obair-dachaigh a bhith tric na ro-uallach do theaghlaicean as lugha aig a bheil comas na gnìomhan a choileanadh.

Sheall toraidhean ann an lèirmheas air a' mhodh-obrach a b' fheàrr ann an dol an sàs phàrantan (Goodall agus Vorhaus, 2011), le clann aois 9-13, gun robh:

- Dh'innis 84% de phàrantan nach robh an sgoil aca a' toirt dhaibh stòrasan sam bith, no glè bheag dhiubh gus cuideachadh le ionnsachadh an leanabh aig an dachaigh.
- Thuirt 84% de phàrantan gun robh an leanabh ag iarraidh taic agus comhairle le obair-dachaigh agus ath-sgrùdadh co-dhiù aon turas san t-seachdain.
- Thuirt 79% de chlann gun robh iad airson 's gum biodh fios aig am pàrantan mu na nithean a tha iad ag ionnsachadh sa chlas gus am biodh e comasach dhaibh tuilleadh taic a thoirt taobh a-muigh an t-seòmair clas.
- Dh'innis 53% de phàrantan gun robhar air taic iarraidh orra an ìre mhath a h-uile là no a h-uile là.
- Dh'innis 22% de phàrantan gun robh iad tric gam faighinn fhèin san t-suidheachadh far nach robh e comasach dhaibh an clann a chuideachadh len obair-dachaigh leis nach robh tuigse aca air a' chuspair a bhathar ag ionnsachadh sa chlas.
- Chuireadh 81% de phàrantan fàilte air taic agus stiùireadh mun dòigh a b' fheàrr taic a thoirt do ionnsachadh an leanabh aig an dachaigh.

Tha sgrùdaidhean farsaing air a bhith air an gabhail os làimh mun chuspair obair-dachaigh. Tha mòran dhe na sgrùdaidhean sin air beachdachadh air a cheangal eadar obair-dachaigh agus coileanadh na sgoile. Tha deasbadaan a' leantainn mu an e obair dachaigh an adhbhar a tha na sgoiltean a' coileanadh nas fheàrr agus gu bheil iad nas soirbheachail na feartan eile co-cheangailte ri sgoil. Gu dearbh, an dèidh grunnan lèirmheasan agus meata-anailis 'tha fianais nas làidir ann gu bheil e [obair dachaigh] cuideachdail aig ìre na h-àrd-sgoile ach tha nas lugha de fhianais ann gu bheil e na bhuannachd aig ìre na bun-sgoile' (Bunait Buaidh Foghlam, 2017; Hattie, 2008).

Tha tìde air a chaitheamh a' dèanamh obair-dachaigh san àrd-sgoil, air fhaicinn, chan ann a-mhàin mar 'ro-innsear làidir de choileanadh agus adhartas nas fheàrr' tha e cuideachd air 'buaidh a thoirt air builean sòiseo-dòigh-giùlain' (Sylva et al, 2012). A thaobh sgoilearan na h-àrd-sgoile, tha an dachaigh a' cumail orra a bhith làidir agus cudromach agus cuideachd 'a' meudachadh chothroman airson ionnsachadh, 'a' meudachadh chothroman airson cleachdadh agus cuideachd fios air ais an uair a tha iad air am measadh, agus a' brosnachadh sgilean sgrùdaidh neo-eisimeileach agus uallach' (Sylva et al, 2014).

Tha eadar-theachdan goirid cuimsichte a tha a' beantainn gu dìreach ris na tha air a theagasg agus air a bheilear a' togail ann an suidheachaidhean/sgoiltean, nas buailtich a bhith nas èifeachdaich ann a bhith a' leasachadh coileanadh na tha obair-dachaigh làitheil, àbhaisteach (Bunait Buaidh Foghlam, 2017). A thuilleadh air seo, tha 'càileachd a' ghnìomh a tha air a shuidheachadh a' coimhead coltach ri bhith nas cudromaich na tha meud na h-obrach' (Bunait Buaidh Foghlam, 2017). Tha obair-dachaigh èifeachdach co-cheangailte ri dol an sàs agus taic nas motha le pàrantan. Ach a dh'aindeoin sin, aig amannan chan eil adhbhar obair-dachaigh gu math tric soilleir dhan chloinn. Far am bi sgoiltean a' gluasad air falbh bho gnìomhan obair-dachaigh òrdaichte, gu tuilleadh gnìomhan ionnsachaidh aig an dachaigh, chan eil seo air innse do phàrantan ann an dòigh a tha furasta a thuigsinn. Bu chòir cùram a bhith air a ghabhail le luchd-obrach gu bheil iad a' co-roinn nan adhbharan le pàrantan agus teaghlaicean gu bheil sgoiltean ag atharrachadh am modh-obrach cho math ri bhith a' mìneachadh nam builean ionnsachaidh air a bheilear ag amas.

Sheall sgrùdadh a chaidh iarraidh le Taigh nan Cumantan (2014) air an àireamh de fheasgairean gach seachdain a bha daoine òga ann an Sasainn a' cur seachad a' dèanamh obair-dachaigh agus an t-adhartas a bha iad a' dèanamh. Sheall an fhianais bhon sgrùdadh nach robh àite san dachaigh aig na h-oileanaich nach robh cho math dheth far an dèanadh iad an obair dachaigh.

Chaidh lorg àite agus ùine aig deireadh an là sgoile do chlann agus daoine òga far an dèanadh iad an obair-dachaigh a chomharrachadh bhon sgrùdadh mar fhreagairt air a seo.

Feumar atharrachadh cultarail gus gluasad air falbh bho ro-bheachdan cumanta nach eil an lùib ionnsachadh aig an dachaigh ach dìreach obair-dachaigh bhon sgoil. A thuilleadh air seo, bu chòir do luchd-obrach a bhith faiceallach mun fhiosrachadh a bhios iad a' toirt do phàrantan gus dèanamh cinnteach nach eil ionnsachadh aig an dachaigh air adhartachadh dìreach mar obair sgoile aig an dachaigh.

A' faighinn thairis air cnapan-starra a thaobh ionnsachadh aig an dachaigh

Is dòcha gu feumar gluasad air falbh bho na modhan-obrach a tha nas traidiseanta gus faighinn thairis air na cnapan-starra a thaobh ionnsachadh aig an dachaigh agus a bhith a' togail chomasan phàrantan. Tha dhol an sàs tràth le pàrantan agus na modhan-obrach a tha air an cleachdadh deatamach ann a bhith a' leasachadh dhàimhean agus earbsa a tha nam feart bhrosnachail ann an teaghlaichean nach àbhaist a bhith an sàs. Bu chòir do luchd-obrach cuideachd dèanamh cinnteach gu bheil iad a' dèiligeadh ri teaghlaichean ann an dòigh fhaireachail an uair a bhios iad ag obair còmhla riutha agus dèanamh cinnteach gur e pròiseas a tha ann a tha dha-rìribh com-pàirteachail agus air a stiùireadh leis an fheadhainn a tha ga chleachdadh. Tha e riatanach a bhith ag obair ann an com-pàirteachas le pàrantan, teaghlaichean agus com-pàirtichean a thaobh ionnsachadh aig an dachaigh gus dèanamh cinnteach gu bheil seo a' lùghdachadh neo-ionannas agus a' dùnadh a' bheàirn coileanaidh. Tha fiosrachadh bho Lèirmheas NPFS (2017) a' moladh gu bheil pàrantan le clann aig a bheil feumalachdan taic a bharrachd a' cur feum air taic len ionnsachadh aig an dachaigh (NPFS, 2017).

Is e feartan eile as urrainn buaidh a thoirt air teaghlaichean agus ionnsachadh aig an dachaigh:

- Feartan air an dìon*
- Duilgheadasan litearra
- Luchd-labhairt na Beurla aig a bheil cànanan eile (ESOL)
- Uallaichean cùraim
- Teaghlaichean Luchd-seirbheis
- Pàrantan nach eil an làthair no air an gluasad
- Misneachd phàrantan

* Feartan air an dìon – is e sin na naoi nithean a tha air an dìon fo [Achd Co-ionannachd 2010](#). Is iad sin: aois, ciorram, ath-bhuileachadh gnè, pòsadh agus com-pàirteachas sìobhalta, leatromachd agus màthaireachd, cinneadh, creideamh no cràbhachd, gnè, seòrsachadh gnè.

Tha meudachadh cuimse agus adhartachadh ionnsachadh aig an dachaigh air a bhith na bhuil dheimhinneach de Achd Dol an Sàs Phàrantan (NPFS, 2017). Bu chòir do gach suidheachadh/sgoil leantainn orra a' dèanamh cheanglaichean eadar na nithean a tha air an teagasg ann an suidheachaidhean/sgoiltean agus na cothroman ionnsachaidh a tha aig an dachaigh agus sa choimhearsnachd. Bu chòir ceanglaichean a dhèanamh cuideachd gus pàrantan a chuideachadh gu bhith a' tuigsinn mar a tha ionnsachadh aig an dachaigh a' cumail air a' toirt buaidh tro gach ìre de slighe ionnsachaidh leanaibh a' gabhail a-steach bliadhnaichean na h-àrd-sgoile agus nas fhaide na sin. Tha faighinn thairis air bacaidhean gu ionnsachadh aig an dachaigh deatamach ann a bhith a' cuideachadh chloinne a bhith ag ionnsachadh agus a' leasachadh. Is urrainn do sgoiltean agus suidheachaidhean dèiligeadh ri seo a' cleachdadh nan stòrasan agus nam modhan-obrach chruthachail a tha aca a-cheana gus cuideachadh ann a bhith ag atharrachadh nam beachdan cultarail a tha ann mu ionnsachadh aig an dachaigh. Feumaidh luchd-obrach a bhith soilleir mu dè a tha ann an ionnsachadh aig an dachaigh agus ciamar as urrainn dhaibh taic a thoirt do phàrantan agus teaghlaichean le seo.

[Leugh, Sgrìobh, Cunnt](#) - is e seo iomairt nàiseanta a tha ag amas air a bhith a' togail air soirbheachas nam prògraman [CluichBuidhinnLeugh](#) agus [Bookbug](#) sna tràth-bhliadhnaichean

tro bhith a' misneachadh phàrantan agus teaghlaichean gu bhith an sàs ann an ionnsachadh a tha a' gabhail a-steach leughadh a tha furasta agus spòrsail, gnìomhan sgrìobhaidh agus cunntaidh nam beatha làitheil. Tha an iomairt Leugh, Sgrìobh, Cunnt ag amas air a bhith a' leasachadh sgilean litearra agus àireamhachd chloinne ann an Alba le bhith a' toirt comhairle agus taic do theaghlaichean chloinne ann am prìomhan 1,2 agus 3. Is urrainn do shuidheachaidhean/sgoiltean an stòras nàiseanta seo a chleachdadh gus pàrantan a chur an sàs agus an cuideachadh a' cleachdadh nan stuthan aig an dachaigh mar chuid air gnìomhan ionnsachaidh.

Is dòcha gum bi luchd-obrach airson beachdachadh, ann an co-chomhairle le pàrantan agus comhairlean phàrantan, an fheum a tha ann airson tuilleadh fiosrachaidh mu na diofar chuspairean a tha air an teagasg ann an suidheachaidhean/sgoiltean gus leigeil le teaghlaichean leantainn orra leis na conaltraidhean sin agus taic a thoirt do ionnsachadh an leanabh aig an dachaigh (NPFS, 2017).

3.4 Leasachadh luchd-obrach

Tha a bhith a' togail comas phàrantan na h-Alba gus cothroman beatha chloinne agus dhaoine òga a leasachadh mar phrìomh nì ann a bhith ag àrdachadh coileanadh. Tha raon de luchd-obrach ann as urrainn comas phàrantan a thogail agus aig a bheil prìomh dhreuchd ann an ionnsachadh aig an dachaigh. Is urrainn dhan luchd-obrach sin a bhith bho ghrunnaidhean chùl-raointean agus earrannan a' gabhail a-steach ionnsachadh agus leasachadh coimhearsnachd, ionnsachadh fad-beatha, treas earrann, suidheachaidhean tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne, sgoiltean, ùghdarrasan ionadail, taic teaghlaich, luchd-obrach ceangail dachaigh-sgoil, luchd-obrach slàinte agus sòisealta.

Tha e cudromach gum bi luchd-obrach a' gabhail na h-ùine gus a bhith a' tuigsinn nam feuman fa leth a bhios aig teaghlaichean, eòlas-sluaigh coimhearsnachd agus ùine agus àite a thoirt a thaobh a bhith a' leasachadh agus a' togail dhàimhean. Tha e ro fhurasta ro-bheachd a bhith aig neach mu phàrantan agus teaghlaichean gun àrd-shealladh farsaing mu na suidheachaidhean fa leth a tha aca. Feumaidh teaghlaichean a bhith a' faireachdainn gu bheil a' cur luach annta, gan tuigsinn agus ag èisteachd riutha.

Gus cuideachadh ann a bhith a' togail comas phàrantan, is dòcha gum bi luchd-obrach a tha ag obair le teaghlaichean airson beachdachadh air leasachadh proifeiseanta leantainneach ann an: ionnsachadh teaghlaich; modhan-obrach ionnsachadh inbheach; dol an sàs phàrantan; agus/no trèanadh iomchaidh sam bith eile.

3.5 Geàrr-iomradh

Is e amas an lèirmheis seo fiosrachadh agus soilleireachd a thoirt do luchd-obrach mu ionnsachadh aig an dachaigh. Tha prìomh eileamaidean air a thighinn am bàrr a tha a' buntainn ri luchd-dèanaimh poileasaidh, luchd-obrach agus luchd-rannsachaidh. Tha an lèirmheas de fhianais gu làidir a' soilleireachadh gu bheil ionnsachadh aig an dachaigh na eileamaid chudromach ann a bhith a' cuideachadh leis a' bheàrn coileanadh a dhùnadh. Cha leig cosgais mòr sam bith a bhith ma bhios cosgais idir an lùib ionnsachadh aig an dachaigh a tha a' toirt buaidhean san fhad-ùine suas gu aois 16.

Ged a thathar air beachdachadh air rannsachadh nàiseanta agus eadar-nàiseanta mu ionnsachadh aig an dachaigh, bu chòir dha a bhith air aithneachadh gu bheil farsaingeachd an Lèirmheis seo air a chuingealachadh gu bhith a' sgrùdadh fianais bhon litreachas a tha ri fhaotainn. Cha deach beachdachadh air a bhith a' faighinn fianais nas fharsainge a bhiodh air a chruinneachadh tro cho-chomhairleachadh le luchd-obrach, pàrantan/teaghlaichean no clann agus daoine òga. Tha feum air tuilleadh rannsachaidh cuideachd agus sgrùdaidhean nas fharsainge air feadh Alba mun bhuidhean a tha aig ionnsachadh aig an dachaigh.

Bu chòir do phàrantan beachdachadh air a bhith a' gluasad gu ro-ghnìomhach gu ìre de bhith a' togail chom-pàirteachasan ionnsachaidh le pàrantan agus com-pàirtichean. A thuilleadh air seo, bu chòir do chom-pàirtichean a bhith a' brosnachadh agus a' toirt chothroman nas motha do phàrantan agus teaghlaichean a bhith ag ionnsachadh aig an dachaigh còmhla ris an leanabh aca. Bu chòir do phàrantan, teaghlaichean, coimhearsnachdan agus com-pàirtichean a bhith an sàs ann leasachadh phoileasaidhean no ro-innleachdan ionnsachaidh aig an dachaigh ann an sgoiltean agus suidheachaidhean. Tha ceanglaichean ri cùisean-sgrùdaidh air an Ionad Leasachaidh Nàiseanta air an toirt seachad ann an Earrann 4 gus eisimpleirean a thoirt air an dòigh sa bheil ionnsachadh aig an dachaigh ag obair ann an cleachdadh.

4. Dè as coltas do ionnsachadh aig an dachaigh?

'Tha sgoiltean gu math tric neo-mhothachail air an dòigh anns am bi pàrantan a' dol an sàs ann an ionnsachadh an cloinne agus an dàrna cuid a' cur ro bheag de luach air an dol an sàs seo no chan eil iad a' toirt taic dheimhinneach dha. Bu chòir do luchd-obrach aithneachadh gu bheil dol an sàs phàrantan a' gabhail a-steach raon fharsaing de ghnìomhan, mar ionnsachadh aig an dachaigh, conaltradh sgoil-dachaigh agus dachaigh-sgoil, gnìomhan san sgoil, co-dhùnaidhean....agus co-obrachadh leis a' choimhearsnachd'.

(Goodall agus Vorhaus, 2011)

4.1 Eisimpleirean de ionnsachadh aig an dachaigh?

Tha a bhith a' mìneachadh raon agus iom-fhillteachd ionnsachadh aig an dachaigh dùbhlanaich oir is urrainn dha a bhith a' dol thar thaobhan de ionnsachadh a tha a' gabhail àite an cois phàrantan, teaghlaichean, comhaisean agus luchd-obrach. Tha sgoiltean a tha an sàs gu h-èifeachdach le pàrantan ag obair gu tric leis a' mhìneachadh as fharsaing de cho-obrachadh le pàrantan, dol an sàs phàrantan agus ionnsachadh teaghlaich (Goodall agus Vorhaus, 2011). Ann an co-chomhairleachadh le luchd-obrach airson an Lèirmheis seo, faodaidh ionnsachadh aig an dachaigh a bhith a' gabhail a-steach:

- ag ionnsachadh aig an dachaigh/obair-sgoile aig an dachaigh
- teaghlaichean ag ionnsachadh còmhla
- a' cuideachadh phàrantan
- a' co-roinn ionnsachadh
- a' tighinn gu co-dhùnadh
- modhan-obrach conaltraidh

Seo eisimpleirean de ionnsachadh aig an dachaigh? mar a chaidh an sònrachadh le luchd-obrach ann an Alba agus bho na fhuaras a-mach bho sgrùdaidhean.

Eisimpleirean de ionnsachadh aig an dachaigh? – bho luchd-obrach

Ionnsachadh aig an dachaigh /gnìomhan sgoile aig an dachaigh	Co-roinn ionnsachadh
Dùbhlain teaghlaich/cairtean dùbhlain, dàn-thurais le Teadaidh, geamannan bùird, dol dhan bhùth, togail le lego, dùbhlain STEM, obair-dachaigh measgaichte, ullachadh sàcramaid, togail mhodailean, litir-naidheachd, powerpoint mu rudan as fheàrr leat/as inntinnich, sgeadachadh cèic – togail dhealbhan, 100 rud a nì thu mus ruig thu 13, teadaidh eadar-ghluasad, tursan, cuairtean coille, bagannan àireamhachd/litearrais, бага còcaireachd aig an dachaigh.	Buidhnean altraim, leasan taic matamataig (clann), buidhnean-obrach air an stiùireadh le clann, ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh, fan is cluich, feasgairean fosgailte, dùbhlain obair-dachaigh, bloca leughaidh ionnsachaidh aig an dachaigh Prìomh 1, co-chruinneachaidhean clasa, là dhreuchdan, obair-dachaigh còmhraidh, eacarsaichean ionnsachaidh co-roinnte (Ealain/IT – practaigeach), làithean fosgailte, tadhalan dhachaigh, comharrachadh na tha pàrantan a' dèanamh – co-roinn thar coimhearsnachd farsaing na sgoile, clàr-innse de sgìlean phàrantan.
Teaghlaichean ag ionnsachadh còmhla	A' tighinn gu co-dhùnadh
Tachartasan ionnsachadh teaghlaich no club obair-dachaigh, PEEP / bookbug, prògram	Lèirmheas air poileasaidhean leughaidh, lèirmheas agus planadh, tracadh

leughaidh phàrantan, club dhealbhan, ag ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh, còcaireachd, obair-ciùird, obair le athraichean, buidhnean gàirneilearachd, pròiseactan teaghlaich.	choileanaidhean, planadh ionnsachadh pearsanta, suidheachadh amasan, coinneamhan GIRFEC.
A' cuideachadh phàrantan	Modhan conaltraidh
ESOL, stiùireadh mu ionnsachadh aig an dachaigh – bileagan, pacaidhean phàrantan, bùithtean-obrach, bhidiothan, cafaidhean, neach-obrach ceangal-dachaigh, litir/fios teacsa, clubaichean obair-dachaigh, notaichean de ionnsachadh a thathar a' sùileachadh.	Seall m' obair-dachaigh, làrach-lìn, app twitter, app obair-dachaigh, Glow, RM Easimaths, bileagan, logan ionnsachaidh, e-pasgain*, litrichean ionnsachaidh, co-chomhairleachadh, meadhanan sòisealta, leabhraichean e-ionnsachadh.

*Bu chòir a bhith mothachail gum faodadh sgoilearan a bhith ga fhaighinn doirbh a bhith a' faighinn cothrom air an teicneòlas iomchaidh aig an dachaigh agus san sgoil gus cothrom a thoirt dhaibh am pasgain-e a thoirt air adhart tron slighe ionnsachaidh. Bu chòir a bhith a' beachdachadh air a bhith a' cur barrachd cudrom air an ionnsachadh a bhios a' dol air adhart aig an dachaigh a bhith mar am fiosrachadh a bhios na sgoilearan agus an teaghlaichean a' clàradh.

Eisimpleirean de ionnsachadh aig an dachaigh – Toraidhean sgrùdaidh

Ionnsachadh aig an dachaigh /gnìomhan sgoile aig an dachaigh	Co-roinn ionnsachadh
Bagannan ionnsachaidh aig an dachaigh, togail air coileanaidhean bhon dachaigh, gnìomhan obair-dachaigh le buill teaghlaich, Teadaidh aig an dachaigh, iomairtean ceangal-dachaigh, STEM, dèideagan a' siubhal, leabharlann iasaid.	Siostam duais clas, co-roinn choileanaidhean dachaigh-sgoil, bùithtean-obrach air an stiùireadh leis a' chloinn – cothroman ionnsachaidh fiosrachail air an tabhann le tidsearan.
Teaghlaichean ag ionnsachadh còmhla	A' tighinn gu co-dhùnadh
Buidheann obair-dachaigh teaghlaich, club obair-dachaigh pàrant-leanabh.	Pàrantan air am brosnachadh a bhith a' toirt taic do ionnsachadh tro choinneamhan phàrant, ag obrachadh leis an sgoil gus dèiligeadh ri cùisean, a' suidheachadh amasan ann an cainnt a tha càirdeil.
A' cuideachadh phàrantan	Modhan conaltraidh
Seiseanan fuirich is cluich, bùithtean-obrach phàrantan, làithean fosgailte, tachartasan sònraichte taic air ullachadh do phàrantan mu bhith a' toirt taic do leughadh aig an dachaigh, stuth sgrìobhte mu dè a tha an leanabh ag ionnsachadh, leabhraichean fiosrachaidh mu thaic aig an dachaigh.	Leabhraichean-là air-loidhne, conaltradh làitheil, stòrasan eadar-obrachail air-loidhne, bloga, pròfaidhean ionnsachaidh, leabhraichean-là dachaigh-sgoil, fiosan-teacsa, clàran-fiosrachaidh, dealbhan.

4.2 Eisimpleirean de rannsachadh cùise mu ionnsachadh aig an dachaigh

Gus taic nas fheàrr a thoirt do luchd-obrach, tha Foghlam Alba air an [Ionad Leasachaidh Nàiseanta](#) (NIH) a chur air chois. Is e portal a tha seo a tha furasta faighinn thuige air a dheilbh a rèir feuman luchd-obrach an fhoghlaim, a' toirt taic le susbaint didseatach eadar-obrachail agus innealan gus cleachdadh a leasachadh agus càileachd eòlasan agus builean luchd-ionnsachaidh a mheudachadh.

Tha ceanglaichean ri eisimpleirean de rannsachadh cùise mu ionnsachadh aig an dachaigh air an toirt gu h-ìosal. Chaidh an taghadh bho dhiofar ùghdarrasan ionadail agus tha iad a' dèiligeadh ri grunnan chuspairean agus mhodhan-obrach a thaobh ionnsachadh aig an dachaigh. Chaidh cuid de rannsachaidhean cùise fhaighinn tro sgrùdaidhean agus chaidh feadhainn eile a chomharrachadh bho phileat dùbhlain Saidheans Teicneòlas Einnseanaireachd agus Matamataig 2017 (STEM).

Paidhleat Nàiseanta Saidheans, Teicneòlas, Einnseanaireachd is Matamaig (STEM) 2017

Ghabh caogad buidheann com-pàirt anns a' phileat Nàiseanta STEM a bha ag amas air taic a thoirt do mhodhan-obrach 3-18 do ionnsachadh STEM agus teagasg ann an còig clustairean sgoile air feadh Alba. Thug am pileat cothrom do Fhoghlam Alba com-pàirteachasan ùra a leasachadh agus modhan-obrach a thaobh a bhith a' leudachadh comais airson ionnsachadh STEM. Bha seo a' gabhail a-steach:

- Feuchainn a-mach dreach frèam-obrach fèin-luachaidh agus leasachaidh STEM
- Tachartasan lionraidhidh agus trèanaidh chlustair
- Toirt a-steach Leasachadh Cothromachd Gnè ann am Pròiseact STEM
- A' leasachadh mhodhan-obrach ùra fad-dhreuchd phroifeiseanta gus litearras didseatach a leasachadh ann an sgoiltean
- A' leasachadh mhodhan-obrach a thaobh STEM air feadh nan clustair
- Com-pàirteachasan le Leasachadh Sgilean na h-Alba, STEMNET, SCDI, SSERC, Generation Science agus an Institute of Physics.

Thug Ministearan an Riaghaltais gealladh sa mhanifesto gun sgaoileadh iad a-mach gu nàiseanta modh-obrach clustair a thaobh STEM. Tha seo air a dhèanamh ann an co-theacsa Ro-innleachd nàiseanta Foghlaim agus Trèanaidh STEM airson Alba. A rèir seo bha e cudromach, ionnsachadh bho na fèin-fhiosrachaidhean a chaidh fhaighinn tron phileat gus cuideachadh le bhith a' meudachadh nam modhan-obrach a bha soirbheachail gus taic nas fheàrr a thoirt do chlustairean sgoile air feadh Alba. An lùib nam builean sa phròiseact Nàiseanta STEM aig deireadh a' phileit 18 mìosan, bha meudachadh ann an:

- misneachd phàrantan – togail suas eòlas gus taic a thoirt do ionnsachadh leanaidh
- dol an sàs phàrantan agus ceangal ris an sgoil – a' cleachdadh sgilean phàrantan
- dol an sàs phàrantan ann an ionnsachadh an leanaidh – conaltradhean nas doimhne aig an dachaigh
- lìonra an teaghlaich nas fharsaing an sàs – ionnsachadh thar ghinealach
- tuigse nas motha air a' churraicealam
- clann agus teaghlaichean a' dèanamh phrobhaidhean a-rithist aig an dachaigh no a' feuchainn feadhainn ùra
- clubaichean saidheans teaghlaich/clubaichean obair-dachaigh
- luchd-taic saor-thoileach

Chaidh [Ro-innleachd Foghlaim agus Trèanaidh](#) STEM fhoillseachadh leis na Ministearan san Dàmhair 2017. Tha an ro-innleachd a' cur an cèill an lèirsinn airson foghlam agus trèanadh STEM airson nan ath chòig bliadhna fo na cuspairean sàr-mhathais, cothromas, brosnachadh agus ceangal.

Sgrùdaidhean cùise ionnsachadh aig an dachaigh

Sgoil-àraich [Chill Fhinn](#) – eisimpleir mu mar as urrainnear a dhol an sàs agus taic a thoirt do ionnsachadh chloinne aig an dachaigh.

Bun-sgoil [Bankton](#) – mar a thèid comas phàrantan a thogail gus a bhith nan com-pàirtichean ionnsachaidh gnìomhach.

Bun-sgoil [Gleann Liomhann](#) – a’ cleachdadh obair-dachaigh seachdaineach gus cuimseachadh air èisteachd agus còmhraidh airson ionnsachadh aig an dachaigh a leasachadh.

Bun-sgoil [Lios Mòr](#) – a’ brosnachadh coileanadh nas fharsaing, ionnsachadh aig an dachaigh agus a’ leasachadh chom-pàirteachasan dachaigh/sgoil.

Bun-sgoil [na Maorainn](#) – a’ cuideachadh phàrantan a’ toirt taic do ionnsachadh an cloinne aig an dachaigh.

Bun-sgoil [Naomh Bartholomew](#) – prògram gus misneachd chloinne a mheudachadh ann an tràth-sgilean litearra is le taic bhom pàrantan/luchd-cùraim agus cuimse shònraichte air fonaigs.

Bun-sgoil [Naomh Dhaibhidh](#) – pàrantan is clann a’ cur seachad tìde còmhla air gnìomh ‘feuch aig an taigh’.

Bun-sgoil [Chille Brìghde an Iar](#) – a’ cleachdadh ‘bogsaidhean saidheans’ gus dol an sàs phàrantan a bhrosnachadh a thaobh ionnsachadh na cloinne aig an dachaigh.

Àrd-sgoil [Chreagaidh](#) – ro-innleachdan gus pàrantan a chuideachadh a’ toirt taic do ionnsachadh an leanabha.

Acadamaidh [Na Leargaidh Ghallta](#) – a’ cuideachadh phàrantan a bhith a’ tuigsinn an Fhoghlaim Fharsaing Choitcheann, An Ìre as Sine, a’ teagasg ro-innleachdan a tha air an cleachdadh ann an sgoiltean gus an cuideachadh a’ toirt taic do ionnsachadh an leanabha aig an dachaigh.

[Ionad Ionnsachadh Teaghlaich Ailse](#) – prògram ionnsachadh teaghlaich a tha a’ brosnachadh còcaireachd fhallain, ithe agus a’ cuideachadh le leasachadh ro-innleachdan ionnsachaidh teaghlaich aig an dachaigh.

Sgrùdaidhean cùise ionnsachadh teaghlaich

[Colaiste Chluaidh Ghlaschu](#) – modhan-obrach cruthachail air an cleachdadh gus pàrantan a chur an sàs aig nach eil eòlas idir no glè bheag ron seo ann an saidheans.

[Siorrachd Rinn Friù](#) – Leughadh Pizza – pròiseact eadar-theachd tràth-ionnsachaidh teaghlaich a bhios a’ cuideachadh phàrantan a bhith a’ leasachadh an sgilean agus am misneachd a’ cleachdadh modh-obrach cleachdaidh sòisealta farsaing.

[Dùn Dè](#) – pròiseact teaghlaich airson ionnsachadh litearrasan.

5. Co-dhùnadh

5.1 Prìomh theachdaireachdan agus mholaidhean

Tha grunnan prìomh theachdaireachdan agus mholaidhean ann airson luchd-dèanamh poileasaidh, ùghdarrasan ionadail agus luchd-obrach bhon Lèirmheas Ionnsachaidh aig an Dachaigh seo.

Prìomh Theachdaireachdan

- Is e prìomh eileamaid de ionnsachadh agus leasachadh chloinne a tha ann an ionnsachadh aig an dachaigh mus tòisich agus an dèidh dhaibh tòiseachadh ann an suidheachadh tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne no sgoil.
- Tha rannsachadh a' sealltainn gun urrainn do ionnsachadh aig an dachaigh buaidhean luath agus nas fhad-ùineach a thoirt air clann ann an diofar dhòighean, a' gabhail a-steach tràth-ionnsachadh chloinne; coileanaidhean nas fhaide air adhart, altram, fulangas; sunnd; gluasad sòisealta; agus sgilean fad beatha.
- Bu chòir do eadar-ghluasadan gus cuideachadh agus taic a thoirt do phàrantan agus teaghlaichean a dhol an sàs ann an ionnsachadh an leanaibh a bhith ioma-shreathach agus fantainn mar phrìomhachas.
- Is urrainn do dhiofar thuigsean a bhith aig luchd-obrach agus pàrantan mu dè a tha ann an ionnsachadh aig an dachaigh. Bu chòir obair a bhith air a dhèanamh ann an com-pàirteachas gus dèanamh cinnteach à soilleireachd agus tuigse cho-roinnte. Feumar cuideachd atharrachadh cultarail gus gluasad air falbh bho ro-bheachdan cumanta nach eil an lùib ionnsachadh aig an dachaigh ach dìreach obair-dachaigh.
- Bu chòir do Ro-innleachdan Dol an Sàs Phàrantan aig ìre roinneil, ionadail no sgoile a bhith a' gabhail a-steach ionnsachadh aig an dachaigh.
- Is dòcha gum biodh suidheachaidhean/sgoiltean airson beachdachadh air modh-obrach ionnsachadh teaghlaich gus taic a thoirt do chlann a bhith a' coileanadh aig na h-ìrean as àirde, a' lùghdachadh neo-ionannas agus a' dùnadh a' bheàirn coileanaidh.

Molaidhean

- Feumaidh ionnsachadh aig an dachaigh a bhith air a neartachadh mar a tha air a mhìneachadh san Lèirmheas de bhuaidh Achd Sgoiltean na h-Alba (Dol an Sàs Phàrantan) (2006).
- Bu chòir do luchd-obrach a tha ag obair le teaghlaichean beachdachadh air ionnsachadh proifeiseanta fad-dhreuchd ann am modhan-obrach ionnsachadh teaghlaich, modhan-obrach ionnsachadh inbheach, dol an sàs phàrantan no trèanadh iomchaidh sam bith eile. Bu chòir beachdachadh cuideachd air a bhith a' leasachadh mothachadh luchd-obrach air cho cudromach 's a tha e a bhith a' dol an sàs le pàrantan a thaobh ionnsachadh aig an dachaigh. Bu chòir do luchd-obrach a bhith misneachail ann a bhith a' tabhann fiosrachaidh agus comhairle mu ionnsachadh aig an dachaigh.
- Bu chòir do sgoiltean leasachadh agus lèirmheas a dhèanamh gu tric air am poileasaidh a thaobh ionnsachadh aig an dachaigh ann an co-chomhairleachadh le pàrantan, sgoilearan agus a' choimhearsnachd.
- Bu chòir do luchd-obrach a bhith a' sior dhaingneachadh fios do phàrantan agus teaghlaichean mu cho cudromach 's a tha e a bhith ag ionnsachadh aig an dachaigh. Bu chòir mìneachadh den raon agus de na seòrsachan ghnìomhan ionnsachaidh aig an dachaigh aig diofar aoisean agus ìrean, a bhith air a thoirt do phàrantan agus teaghlaichean.
- Bu chòir do luchd-obrach co-obrachadh le buidhnean com-pàirteachais iomchaidh gus cuideachadh le bhith a' toirt air falbh chnapan-starra a thaobh ionnsachadh aig an dachaigh.
- Bu chòir fiosrachadh agus/no stòrasan a bhith air an toirt do phàrantan agus teaghlaichean gus an cuideachadh le bhith a' toirt taic do ionnsachadh an leanaibh aig an dachaigh. Bu chòir dhaibh a bhith a' faighinn taic gus an curraicealam agus an t-ionnsachadh a tha a' gabhail àite

sna suidheachaidhean/sgoiltean a thuigsinn agus an cothrom a thoirt dhaibh barrachd taic a thabhann aig an dachaigh.

- Bu chòir do shuidheachaidhean/sgoiltean agus pàrantan gu riaghailteach a bhith a' co-roinn ionnsachadh na cloinne gus brosnachadh aig an dachaigh, a bhith a' toirt taic do chom-pàirteachasan dachaigh-sgoil agus a bhith a' togail dealbh iomlanach de adhartas agus coileanaidhean leanabha. Bu chòir dhaibh sin a bhith air an cruinneachadh agus air an cleachdadh gus beàrnan sam bith a chomharrachadh ann an ionnsachadh agus leasachadh leanabha cho math ri bhith a' comharrachadh an coileanaidhean.
- Tha feum air tuilleadh rannsachaidh mu bhuidh fad-ùineach ionnsachadh aig an dachaigh air feadh Alba. Bhiodh seo a' gabhail a-steach builean nas fharsainge sa choimhearsnachd.
- Feumar barrachd rannsachaidh a dhèanamh gus fianais a chruinneachadh mu ionnsachadh aig an dachaigh tro cho-chomhairleachadh le luchd-obrach, pàrantan, teaghlaichean, clann agus daoine òga.

5.2 Geàrr-iomradh

Tha lèirmheas de fhianais a' sealltainn gu bheil ionnsachadh aig an dachaigh na phàirt dheatamach de ionnsachadh agus leasachadh chloinne agus a' cluich prìomh phàirt ann an cuideachadh a bhith a' dùnadh a' bheàrn coileanaidh. Tha cothrom ann tuilleadh rannsachaidh a dhèanamh cho math ri sgrùdaidhean nas fharsaing gus buaidh ionnsachaidh aig an dachaigh a dhearbhadh air clann agus daoine òga air feadh Alba.

Tha a bhith ag àrdachadh mothachadh am measg an luchd-obrach agus le pàrantan mu dè a tha ann an ionnsachadh aig an dachaigh, fhathast na phrìomhachas airson luchd-obrach. Feumar tuilleadh obrach airson pàrantan uidheamachadh agus taic a thoirt dhaibh gus a dhèanamh comasach dhaibh ionnsachadh fhurastachadh aig an dachaigh. Feumar dèiligeadh ri seo tro bhith a' togail air neartan theaghlaichean agus le bhith a' beachdachadh air iomadachd eadar-obrachaidh phàrant-leanabh.

Bu chòir a bhith a' toirt fios/no a' cur an cuimhne phàrantan agus theaghlaichean mu cho cudromach 's a tha ionnsachadh aig an dachaigh agus a' bhuidh a tha aig an seo air mar a thogas leanabh cànan agus air coileanadh tron slighe foghlaim cho math ri builean san ùine nas fhaide.

6. MODHAN-OBACH

Tha an earrann seo a' toirt iomradh air na modhan-obrach a tha air an cleachdadh san Lèirmheas de Ionnsachadh aig an Dachaigh. Tha e air a bhith air a structaradh mun cuairt nan diofar irean den phròiseas lèirmheis.

6.1 Lèirmheas de phoileasaidhean agus ro-innleachdan

Chaidh lèirmheas de phoileasaidhean agus ro-innleachdan co-cheangailte ri ionnsachadh aig an dachaigh a dhèanamh gus dealbh fharsaing fhaighinn de na sgrìobhainnean iomchaidh a bu chòir beachdachadh orra san aithisg seo.

Cha deach beachdachadh fhathast air ro-innleachdan sna h-ùghdarrasan ionadail mu ionnsachadh aig an dachaigh oir tha iad sin gu math tric air am fighe a-steach do Ro-innleachdan Dol an Sàs Phàrantan.

6.2 Lèirmheas de fhianais

Chaidh lèirmheas a dhèanamh air fianais iomchaidh a thaobh ionnsachadh aig an dachaigh. Bha an lèirmheas seo a' gabhail a-steach fianais nàiseanta agus eadar-nàiseanta mu ionnsachadh aig an dachaigh agus a cheanglaichean ri poileasaidh agus ro-innleachd.

Bha an lèirmheas de fhianais a' cleachdadh grunnan thùsan gus rannsachadh a chomharrachadh a chaidh a dhèanamh thar nan 10 bliadhna a chaidh seachad a bha gu feum san là an-diugh a thaobh ionnsachadh aig an dachaigh. Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air stòr-dàta Idox airson rannsachadh a bha gu sònraichte co-cheangailte ri ionnsachadh aig an dachaigh. B' e na prìomh fhacail/teirmean a chaidh a chleachdadh:

- Ag ionnsachadh aig an dachaigh
- An t-ionnsachadh aig an dachaigh
- An àrainneachd ionnsachaidh aig an dachaigh
- Ag àrdachadh coileanadh
- Obair phàrantan
- Dol an sàs phàrantan

Bha prìomh fhacail eile air an cleachdadh leithid: coileanadh acadaimigeach, coileanadh, buannachdan ionnsachaidh aig an dachaigh; ag ionnsachadh còmhla; teaghlaidhean; leasachadh bhùilean; bochdainn; obair-dachaigh, cùl-raon sòiseo-eaconamach; beachdan mun sgoil; dùnadh a' bheàrn; agus taic do phàrantan.

Fhuair san sgrùdadh grunnan thoraidhean a bha iomchaidh, nam measg: stoidhlean pàrantachaidh, càirdeasan phàrant-leanabh agus leasachadh chloinne. Chaidh fiosrachadh a lorg cuideachd le leabharlann Riaghaltas na h-Alba tarsainn stòran-data (gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta) agus bho stòrasan a tha rim faotainn gu poblach air an eadar-lìon.

6.3 Leasachadh mìneachadh air ionnsachadh aig an dachaigh

Tha toraidhean an lèirmheas fhianais seo air cuideachadh le bhith a' toirt co-theacsa a' chùl-fhiosrachaidh airson ionnsachadh aig an dachaigh agus an fheum a shònrachadh a thaobh mìneachadh Albannach a leasachadh. Chaidh co-chomhairleachadh a dhèanamh air feadh Alba aig bùithtean-obrach, co-labhairtean agus cafaidhean rannsachaidh air dreach de mhìneachadh. Chuidich am fios air ais bho na co-chomhairleachaidhean ann a bhith a' cumadh an dreach ath-leasaichte. Chaidh an riochd mu dheireadh de mhìneachadh Ag Ionnsachadh aig an Dachaigh ann an Alba ullachadh ann an com-pàirteachas le Lionra Oifigearan Dol an Sàs Phàrantan Albannach (SPION).

PÀIPEAR-TAIC A – SGRÌOBHAINNEAN CO-CHEANGAILTE

Cùl-fhiosrachadh – Mapadh poileasaidh na h-Alba

Tha an earrann seo a' toirt tar-shealladh air na prìomh phoileasaidhean agus ro-innleachdan nàiseanta co-cheangailte ri Ionnsachadh aig an Dachaigh. Tha na poileasaidhean sin a' tabhann an fhrèam-obrach tar-ruigheach agus an stiùireadh fom bu chòir ùghdarrasan ionadail agus luchd-obrach a bhith ag obair.

An dèidh an tiomnadh chumhachdan ann an 1999, chomharraich Riaghaltas na h-Alba an fheum air tuilleadh dàta agus fiosrachadh bho rannsachadh mu shuidheachaidhean chloinne, an cothroman, duilgheadasan agus na dùbhlain a bha romhpa mar a bhiodh iad a' fàs suas. Tha an dìth dàta seo mu ìrean leasachail ann am beatha na cloinne, an tràth-bhliadhnaichean agus an gluasad a-steach gu òigeachd, air adhbharachadh gun deach an rannsachadh tar-ruigheach A' Fàs Suas ann an Alba (GUS) a choimiseanadh.

Chaidh rannsachadh GUS a dheilbh gus sgrùdadh a dhèanamh air 'feartan, suidheachaidhean agus beachdan nan teaghlaichean a ghabh pàirt anns an rannsachadh' (GUS, 2007, td1). Bha e ag amas air beatha grunnan chloinne Albannach a thracadh bho an tràth-bhliadhnaichean tron leanabachd agus a bhith a' coimhead ris na fiosrachaidhean aca thar ùine. Tha cudrom sònraichte agus air leth air Alba aig an rannsachadh agus tha e 'air a stiùireadh le feumalachdan dèanamh poileasaidh, le cuimse shònraichte air cothrom air agus cleachdadh sheirbheisean' (GUS, 2007, td2). Tha na cuspairean ris an deach dèiligeadh san rannsachadh a' gabhail a-steach: feartan agus suidheachaidhean chloinne agus an teaghlaichean; leatromachd agus breith; pàrantachadh chloinne òg; taic phàrantan; slàinte agus leasachadh chloinne; stoidhlean agus uallachaidhean pàrantachaidh; agus slàinte phàrantail.

Tha an Rannsachadh A' Fàs Suas ann an Alba air a bhith bunaiteach ann a bhith a' toirt taic do Riaghaltas na h-Alba an dèidh an tiomnadh chumhachdan, ann a bhith a' leasachadh poileasaidhean a tha a' gearradh tarsainn air slàinte, foghlam agus cuisean sòiseo-eaconamach.

Stiùireadh Achd Sgoiltean na h-Alba (Dol an Sàs Phàrantan) (2006)

Tha Achd Dol an Sàs Phàrantan ag aithneachadh na dreuchd dheatamaich a tha pàrantan a' coileanadh ann an ionnsachadh agus leasachadh an cloinne. Tha e ag amas air a bhith a' misneachadh phàrantan ann a bhith a' leasachadh ionnsachadh an cloinne aig an dachaigh agus sa choimhearsnachd. Thathar a' cur dleastanas air ùghdarrasan ionadail 'a bhith a' gabhail a-steach fheartan a dh'fhaodadh a bhith nan cnapan-starra, a bhith a' mi-mhisneachadh no a' cur bacadh air pàrantan bho bhith a' dol an sàs ann am foghlam an cloinne' (td10).

Tha mòran adhbharan ann gur e beagan no glè bheag ceangail a tha aig cuid de phàrantan ris an sgoil, no aig a bheil duilgheadasan a' toirt taic do fhoghlam agus ionnsachadh an cloinne me fèin-fhiosrachadh phàrantan fhèin a thaobh foghlam sgoile. San Achd, tha e air iarraidh air an ùghdarras ionadail agus air luchd-obrach sgoile co-obrachadh gu dlùth le luchd-obrach bho sheirbheisean eile, leithid seirbheisean ceangail dachaigh-sgoil, ionnsachadh choimhearsnachd, slàinte agus obair shòisealta, no buidhnean eile gus cuideachadh le bhith a' toirt taic do dh'obair na ro-innleachd, no a tha ag obair le teaghlaichean. Feumaidh iad cuideachd beachdachadh air èifeachdas nan structaran a tha aca a-cheana agus dòighean air a bhith ag obair le pàrantan gus dol an sàs phàrantan a bhrosnachadh.

Dleastanasan ann an Achd Dol an Sàs Phàrantan:

- Bu chòir do phàrantan fiosrachadh agus taic fhaighinn gus cuideachadh le bhith a' leasachadh ionnsachadh an leanabh aig an dachaigh agus sa choimhearsnachd.

- Bu chòir ionnsachadh san dachaigh a bhith air ainmeachadh ann an Ro-innleachd Dol an Sàs Phàrant an Ùghdarrais Ionadail.

Ro-innleachd Pàrantachaidh' Nàiseanta (2012)

Chuir Riaghaltas na h-Alba air chois an Ro-innleachd Pàrantachaidh' Nàiseanta ann an 2012 leis an amas a bhith mar 'inneal airson a bhith a' luachadh, ag uidheamachadh agus a' toirt taic do phàrantan a bhith cho math 's as urrainn dhaibh gus am bi e comasach dhaibh an toiseach tòiseachaidh as fheàrr as urrainn dhaibh a thoirt do chlann agus dhaoine òga ann an Alba' (td7). Tha cuideachadh phàrantan gu bhith cho math 's as urrainn dhaibh, a' dèanamh diofar do chlann agus dhaoine òga (NPS, 2012, td3). Is e am pròiseas airson a bhith a' toirt air seo tachairt a bhith a' brosnachadh cho cudromach 's a tha pàrantachadh, a' neartachadh na taic a thathar a' toirt do phàrantan agus ga dhèanamh nas fhasa dhaibh a bhith a' faighinn cothrom air an taic air a bheil iad feumach. San sgrìobhainn, chan eilear a' sùileachadh gum bi pàrantan leotha fhèin 'a' giùlain an uallaich a bhith a' leasachadh chothroman beatha chloinne agus dhaoine òga na h-Alba' (td11).

'Bidh a' bhuaidh as motha air an leasachadh aig càileachdan àrachail nan àrainnean far a bheil clann a' fàs suas, a' fuireach agus ag ionnsachadh – pàrantan, luchd-cùraim, teaghlach agus coimhearsnachd. Sa mhòr-chuid de shuidheachaidhean, chan urrainn do phàrantan agus luchd-tabhainn cùraim àrainneachdan àrachail làidir a thabhann às aonais cuideachadh bho bhuidhnean ionadail, roinneil, nàiseanta agus eadar-nàiseanta' (Buidheann Slàinte an t-Saoghail, 2007, td3).

Ionnsachadh Inbheach ann an Alba: Aithris air Amas (2014)

Tha ionnsachadh inbheach còmhla ris an teaghlach na mhodail do chlann agus dhaoine òga. Tha an cumhachd aig ionnsachadh tar-ghinealach a bhith a' cruthachadh comann sòisealta nas so-leanta le bhith a' toirt dùbhlann do ghnàth-iomhaighean agus tro bhith a' cur luach air eòlas dhaoine òga agus dhaoine nas sine. Tha an sgrìobhainn Aithris air Amas ag amas air a bhith a' brosnachadh, tro ionnsachadh inbheach, muinntir na h-Alba a bhith a' leasachadh am bruadairean agus am mòr-mhiannan, a' togail dòchas agus a' coileanadh amasan airson daoine fa leth agus coimhearsnachdan.

Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba (2015)

Tha Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba ag amas air a bhith a' coileanadh co-ionannachd ann am builean foghlaim agus ag àrdachadh coileanadh chloinne agus dhaoine òga a tha a' fuireach ann an sgìrean sa bheil bochdainn gus am beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh. Tha an Dùbhlann a' cuimseachadh air agus a' cur luaths ann an gnìomhan leasachaidh cuimsichte ann an litearras, àireamhachd agus slàinte agus sunnd ann an ceàrnaidhean sònraichte de dh'Alba. Tha e cuideachd a' toirt taic agus a' cur ris an raon nas fharsainge de dh'iomairtean agus phrògraman gus dèanamh cinnteach gu bheil clann agus daoine òga a' ruighinn an làn chomais.

'Dè cho math 's a tha an Sgoil Againn?' (4mh eagra) (2015) agus 'Dè cho math 's a tha ar Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne?' (2016)

Tha 'Dè cho math 's a tha an Sgoil Againn?' agus 'Dè cho math 's a tha ar Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne?' ag amas air taic a thoirt do fhàs air cultar de fhèin-leasachadh thar foghlam na h-Alba. Tha iad a' togail air na frèaman-obrach a bha ann roimhe agus a' leantainn air an t-slighe gu bhith a' gluasad foghlam na h-Alba bho bhith math sa choitcheannas gu bhith sàr-mhath.

'Tha an fhianais mu choileanadh làithreach siostam foghlam na h-Alba ag ràdh gu bheil siostam foghlaim math againn a tha a' coileanadh gu làidir ann an grunnan dhòighean. Ach, chan eil sinn

fhatthast aig an ìre a bhith a' coileanadh sàr-ìrean de dhèanadas a bhiodh a rèir amas ar lèirsinn a bhith aig ìre cho math 's a tha san t-saoghal' (Foghlam Alba, 2013, td15).

Lèirmheas air Ionnsachadh Teaghlaich (2016)

Is e Lèirmheas air Ionnsachadh Teaghlaich a' chiad fhear de sheòrsa ann an Alba. Tha e ag amas air a bhith a' toirt stiùir so-ruigsinneach do luchd-cleachdaidh agus a' toirt geàrr-iomradh de fhianais bho rannsachadh, cùisean sgrùdaidh agus co-chomhairleachadh le com-pàirtichean.

San Lèirmheas tha, 'meudachadh dhòighean anns an urrainn do phàrantan agus teaghlaichean a bhith nan com-pàirtichean co-ionann ann an ionnsachadh an cloinne aig an dachaigh, san sgoil agus ann an coimhearsnachdan' air fhaicinn mar a bhith 'riatanach ann a bhith ag àrdachadh coileanadh do na h-uile agus a' dùnadh a' bheàirn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn' (td4). 'Is urrainn do phrògraman ionnsachaidh teaghlaich a bhith nan seòl airson a bhith a' meudachadh dol an sàs phàrantan agus co-obrachadh ann am beatha na sgoile agus ann an ionnsachadh chloinne aig an dachaigh' (td9).

Frèam-obrach Leasachaidh Nàiseanta agus Plana Leasachaidh airson Foghlam na h-Alba

Tha am Frèam-obrach Leasachaidh Nàiseanta a' cur an cèill na lèirsinn agus nan tùs-amasan airson adhartas chloinne ann an ionnsachadh. Tha am Frèam-obrach deatamach ann a bhith a' stiùireadh obair gus a bhith a' sìor leasachadh foghlam Alba agus a' dùnadh a' bheàirn coileanaidh. Tha am Frèam-obrach ag amas air a bhith 'a' leasachadh agus a' meudachadh dhòighean anns an urrainn do phàrantan, luchd-cùraim agus teaghlaichean co-obrachadh le tidsearan agus com-pàirtichean gus taic a thoirt don cloinn agus daoine òga agus guth phàrantan agus luchd-cùraim a mheudachadh ann a bhith a' stiùireadh leasachaidhean co-cheangailte ri sgoiltean' (Frèam-obrach Leasachadh Nàiseanta, 2018, td14).

Tha am Frèam-obrach co-cheangailte ri prìomh bhuilean nàiseanta eile mar a bhith a' toirt an toiseach tòiseachaidh as fheàrr nam beatha do chlann agus a bhith deiseil gu bhith soirbheachail, a' dèiligeadh ri neo-ionannas ann an comann na h-Alba agus a' leasachadh chothroman beatha chloinne, dhaoine òga agus theaghlaichean ann an cunnart. Tha e a' togail air leasachaidhean eile agus ath-leasachaidhean leithid Ceartas do gach pàiste, Co-obrachadh Tràth-ìrean, Ro-innleachd Nàiseanta Obair Òigridh agus Teagasg an Alba san Àm ri Teachd (sgìoba-obrach sgìleil). Tha am Frèam-obrach a' tabhann cuimse cho-roinnte gus dèanamh cinnteach gu bheil 'com-pàirtichean a' cuimseachadh gu h-èifeachdach air prìomhachasan cudromach' ann a bhith ag obair còmhla gus an lèirsinn a choileanadh (Frèam-obrach Leasachadh Nàiseanta, 2018, td5).

Rannsachadh gus fiosrachadh a thoirt mu lèirmheas buaidh Achd Dol an Sàs Phàrant 2006 (2017)

Rannsachadh neo-eisimeileach le Ipsos MORI a chaidh a dhèanamh le 502 phàrant tro shuirbhidh telefòn agus 4 cùisean rannsachaidh.

Prìomh Lorgaidhean:

- Tha a' mhòr-chuid de phàrantan agus cuid de chomhairlean phàrant le glè bheag de fhiosrachadh mu dè a tha ionnsachadh aig an dachaigh a' ciallachadh ann an co-theacsa na h-Achd.
- Bha pàrantan ag ainmeachadh ionnsachadh aig an dachaigh aig an aon àm ri obair sgoile aig an dachaigh.
- Uallaichean gum biodh cus cuimse air ionnsachadh aig an dachaigh, a' leudachadh a' bheàirn coileanaidh dhan chloinn aig an robh pàrantan nach robh cho deònach taic a thoirt dhaibh aig an dachaigh no aig nach robh tìde airson sin a dhèanamh.
- B' e ionnsachadh aig an dachaigh raon a bha ceannardan-sgoile a' faireachdainn a' urrainn dhaibh a leasachadh.

- Cnapan-starra a thaobh gnìomhan ionnsachaidh eile – bacaidhean ionmhais, dìth còmhhdail poblach ann an ceàrnaidhean dùthchail.
- Taobhan neo-bheantainn de ionnsachadh aig an dachaigh far a bheil pàrantan a' coileanadh prìomh dhreuchd me cha deach leasachadh urrainn, fulangas agus fèin-mhisneachd ainmeachadh.

Molaidhean:

- Tha ionnsachadh aig an dachaigh air a mhìneachadh do phàrantan mar bhun-smuain a tha nas fharsainge na dìreach 'obair-dachaigh'.
- Dh'fhaodadh adhartachadh nas motha de ionnsachadh aig an dachaigh a bhith air a dhèanamh tro sgoiltean mar thaic agus fiosrachadh ach bhiodh cuimse nas motha aig ìre nàiseanta na buannachd cuideachd.
- Bu chòir barrachd breithneachaidh a bhith air a dhèanamh mu mar a dheigheadh taic a thoirt do phàrantan ann am bochdainn a thaobh a bhith a' tabhann ionnsachadh aig an dachaigh agus mar a dheigheadh taic a thoirt don chloinn nach robh a' faighinn na taic sin.

Lèirmheas air buaidh Achd Sgoiltean na h-Alba (Dol an Sàs Phàrantan) 2006 (2017)

Ghabh Fòram Nàiseanta Phàrantan na h-Alba os làimh lèirmheas ioma-iall a rinn sgrùdadh air buaidh reachdas 2006. Chaidh fios air ais fhaighinn bho 1200 pàrant, 460 comhairle phàrantan, 86 luchd-ùidh.

Prìomh Lorgaidhean:

- Bha a' mhòr-chuid de phàrantan dhen bheachd gun robh 'ionnsachadh aig an dachaigh' a' ciallachadh 'obair dachaigh bhon sgoil'.
- Bha amaladh agus dìth tuigse am measg phàrantan agus luchd-obrach mun diofar eadar obair-dachaigh agus ionnsachadh aig an dachaigh.
- Tha feum air soilleireachd gus cuideachadh ann a bhith a' leudachadh tuigse phàrantan agus luchd-obrach mu dè a tha ann an ionnsachadh aig an dachaigh.
- Bheachdaich a' mhòr-chuid de luchd-freagairt gur e buil dheimhinneach den Achd a bha anns a' mheudachadh sa chuimse air agus adhartachadh air ionnsachadh aig an dachaigh
- Thog pàrantan iomadh eisimpleir de dhòighean anns an robh sgoiltean a' toirt taic do ionnsachadh aig an dachaigh. Bhathar a' moladh airson an ama ri teachd: luchd-obrach a bhiodh nas fhasa faighinn thuca a bhiodh deònach a dhol an sàs le pàrantan; agus poileasaidhean obair-dachaigh làidir.

Bha buaidhean seaghach an Achd mu Ionnsachadh aig an Dachaigh a' gabhail a-steach:

- Tha ionnsachadh aig an dachaigh nas fharsainge na obair sgoile aig an dachaigh.
- Tha sgoiltean ag aithneachadh an fheum a tha ann air taic a thoirt do phàrantan le ionnsachadh aig an dachaigh agus air stòrasan a leasachadh airson sin a chuideachadh.
- Tha ùrlaran IT air an cleachdadh gus taic a thoirt le obair-dachaigh agus ionnsachadh aig an dachaigh.
- Tha conaltradh, dàimhean agus obair ann an com-pàirteachas eadar sgoiltean agus pàrantan air a thighinn air adhart.
- Tha teaghlaidhean nas motha an sàs.

Prìomh Mholaidhean:

- Tha Foghlam Alba a' gabhail tuilleadh cheumannan gus na buannachdan agus na slighean do phàrantan a dhol an sàs ann an ionnsachadh an cloinne, a' gabhail a-steach mar phrìomhachas 'tuigse agus cur an cèill gu gnìomhach an dual den Achd 'ionnsachadh aig an dachaigh'.
- Bu chòir do sgoiltean ro-innleachdan èifeachdach a thoirt do phàrantan gus taic a thoirt do chlann a bhith ag ionnsachadh aig an dachaigh agus modh-obrach stèidhichte air fianais a thoirt do dh'obair dachaigh agus do bhith a' toirt taic do ionnsachadh aig an dachaigh.

Ath Cheumannan Lèirmheas Riaghlaidh (2017)

Tha sgrìobhainn Ath Cheumannan Lèirmheas Riaghlaidh 'ag aithneachadh gur e an ceangal as cudromaich a tha aig pàrant le sgoil, foghlam an leanabh agus an t-ionnsachadh a tha a' dol air adhart san dachaigh. Tha fianais bho phrìomh luchd-acadaimigeach leithid An t-Oll Janet Goodall a' moladh gur e dol an sàs phàrant ann an ionnsachadh chloinne a tha a' toirt a' bhuidh as motha air builean na cloinne'. Tha Riaghaltas na h-Alba air a bhith dealasach ann an Ath Cheumannan Lèirmheas Riaghlaidh 'taic a neartachadh do na pàrantan sin nach eil aig an àm a tha an làthair a' dol an sàs cho mòr 's a mhiannaicheadh iad tro bhith ag àrdachadh cothrom air luchd-obrach ceangail dachaigh-sgoil agus a' leudachadh ionnsachadh san teaghlach' (td4).

Frèam-obrach Ionnsachadh Teaghlaich (2018)

Tha an Fhrèam-obrach Ionnsachadh Teaghlaich a' tabhann frèam-obrach ro-innleachdail gus taic a thoirt do phlanadh, leasachadh, libhrigeadh agus luachadh ionnsachadh aig an dachaigh ann an Alba. Tha e ag amas air an fheadhainn a tha a-cheana a' libhrigeadh ionnsachadh aig an dachaigh, no a tha gu bhith an sàs ann a bhith a' planadh, a' leasachadh agus/no a' libhrigeadh ionnsachadh aig an dachaigh. Tha am Frèam-obrach a' togail air Lèirmheas Ionnsachaidh Teaghlaich 2016.

Liosta leughaidh

Baker, C.E. (2015), 'Does Parent Involvement and Neighbourhood Quality Matter for African American Boys' Kindergarten Mathematics Achievement?' *Early Education and Development*, Vol. 26, 3, p342-355. Routledge.

Carpentieri, D. (2013), 'Evidence, Evaluation and the Tyranny of Effect size: a proposal to more accurately measure programme impacts in adult and family literacy'. *European Journal of Education*. Vol. 48, No. 3.

Children (Scotland) Act (1995). London. HMSO Publications.
<http://www.legislation.gov.uk/ukpga/1995/36/contents>

Clarke, B. and Younas, F. (2017), '*Helping Parents to Parent*'. London. Social Mobility Commission.

Cole, J. (2011), '*A research review: the importance of families and the home environment*'. National Literacy Trust.

Dickinson, D. and Tabors P.O. (2001), '*Beginning literacy with language: young children learning at home and school*'. Baltimore. Paul H. Brookes Publishing Co. In: Clarke, B. and Younas, F. (2017), '*Helping Parents to Parent*'. London. Social Mobility Commission.

Economic and Social Research Council (2012), '*Parenting style influences child development and social mobility*'. Social Mobility Evidence Briefings – Parenting. <http://www.esrc.ac.uk/files/news-events-and-publications/evidence-briefings/parenting-style-influences-child-development-and-social-mobility/>

Education Endowment Foundation (2017), '*Teaching and Learning Toolkit: An accessible summary of the international evidence on teaching 5-16 year olds*'.
<https://educationendowmentfoundation.org.uk/resources/teaching-learning-toolkit/#closeSignup>

Education Scotland (2013), '*Transforming lives through learning. Corporate Plan 2013-2016*'.
<https://education.gov.scot/who-we-are/management/Corporate%20and%20business%20planning>

Equality Act (2010). London. HMSO Publications. <https://www.legislation.gov.uk/ukpga/2010/15>

Goodall, J. and Vorhaus, J., with the help of Carpentieri, J.D., Brooks, G., Akerman, R. and Harris, A. (2011), '*Review of Best Practice in Parental Engagement: Practitioners' Summary*'. Research report DFE-RR156. Department for Education.
www.gov.uk/government/uploads/system/uploads/attachment_data/file/182508/DFE-RR156.pdf

Hamer, C. (2012), '*NCT Research overview: Parent-child communication is important from birth*'. National Literacy Trust.
https://www.nct.org.uk/sites/default/files/related_documents/Hamer%20NCT%20research%20overview%20Parent_child%20communication%20p15-20%20Mar12.pdf

Harding, C. and Ghezalayagh, S. (2014), '*Community learning learner survey: additional analysis of participants following family learning courses*'. London. Department for Business, Innovation and Skills.

Harris, A. and Goodall, J. (2007), '*Engaging Parents in Raising Achievement – Do Parents Know They Matter?*'. DCSF Research Report. RW 004.
<https://dera.ioe.ac.uk/6639/1/DCSF-RW004.pdf>

Hartas, D. (2011), 'Families' social backgrounds matter: socio-economic factors, home learning and young children's language, literacy and social outcomes'. *British Educational Research Journal*. Vol 37, No 6, p893-914.

Hartas, D. (2012), 'Inequality and the home learning environment: predictions about seven-year-olds' language and literacy'. *British Educational Research Journal*. Vol 38, No 5, p859-879.

Hattie, J. (2008), '*Visible Learning: A Synthesis of over 800 Meta-Analysis relating to achievement*'. Routledge. Oxon.

Hockaday, C., Setterfield, L., Ormston, R. and Black, C. (2017), '*Research to inform the review of the impact of the 2006 Parental Involvement Act*'. Ipsos MORI.
<https://www.npfs.org.uk/downloads/ipsos-mori-research/>

House of Commons (2014), '*Underachievement in Education by White Working Class Children. First Report of Session 2014-15*'. London. The Stationery Office Limited.

Hunt, S., Virgo, S., Klett-Davies, M., Page, A., Apps, J. (2011), '*Provider influence on the early home learning environment (EHLE)*'. Research Report DFE-RR142. Department for Education.
https://assets.publishing.service.gov.uk/government/uploads/system/uploads/attachment_data/file/181753/DFE-RR142.pdf

Irwin, L.G., Siddiqi, A. and Hertzman, C. (2007), '*Early child development: a powerful equalizer*'. Vancouver. World Health Organisation.

Kintrea, K., St. Clair, R. and Houston, M. (2011), '*The influence of parents, places and poverty on educational attitudes and aspirations*'. University of Glasgow. Joseph Rowntree Foundation.
<https://www.jrf.org.uk/report/influence-parents-places-and-poverty-educational-attitudes-and-aspirations>

Kluczniok, K., Lehrl, S., Kuger, S. and Rossbach, H.G. (2013), 'Quality of the home learning environment during preschool age – Domains and contextual conditions'. *European Early Childhood Education Research Journal*, Vol. 21, No. 3, p420-438.

Law, S.R.J., Rush, R. Clegg, J. and Peters, T. (2011), '*Investigating the role of language in children's early educational outcomes*'. Bristol. University of the West of England.

Melhuish, E. (2010), '*Impact of the Home Learning Environment on child cognitive development: secondary analysis of data from 'Growing up in Scotland'*'. Scottish Government Social Research. <http://www.gov.scot/resource/doc/310722/0098010.pdf>

National Institute of Adult Continuing Education (NIACE) (2013), '*Family Learning Works. The Inquiry into Family Learning in England and Wales*'. Leicester. NIACE.
http://shop.niace.org.uk/media/catalog/product/n/i/niace_family_learning_report_reprint_final.pdf

National Parent Forum of Scotland (2017), '*Review of the impact of the Scottish Schools (Parental Involvement) Act 2006*'. <https://www.npfs.org.uk/downloads/review-of-the-impact-of-the-2009-parental-involvement-act/>

Organisation for Economic Co-operation and Development (OECD) (2014), 'How much time do primary and lower secondary students spend in the classroom'. *Education Indicators in Focus*, No. 22. [http://www.oecd.org/education/skills-beyond-school/EDIF%202014--N22%20\(eng\).pdf](http://www.oecd.org/education/skills-beyond-school/EDIF%202014--N22%20(eng).pdf)

Rasbash, J., Leckie, G., Pillinger, R. and Jenkins, J. (2010), 'Children's educational progress: partitioning family, school and area effects'. *Journal of the Royal Statistical Society. Series A (Statistics in Society)*, 173(3), p657-682.

Reynolds, A., Mavrogenes, N., Bezruczko, N., and Hagemann, M. (2008), 'Cognitive and Family Support Mediators of Preschool Effectiveness: A Confirmatory Analysis', *Child Development*, 67, p1119-40. In: Clarke, B. and Younas, F. (2017), 'Helping Parents to Parent'. London. Social Mobility Commission.

Sammons, P., Toth, K. and Sylva K. (2015), '*Pre-school and early home learning effects on A-level outcomes*'. Effective Pre-School, Primary & Secondary Education Project (EPPSE). University of Oxford. Department for Education.

Save the Children (2013), '*Too Young to Fail*'. London. Page Bros Ltd.

<https://www.savethechildren.org.uk/content/dam/global/reports/education-and-child-protection/too-young-to-fail.pdf>

Scotland's Children: The Children (Scotland) Act (1995) Regulations and Guidance. Vol. 1. Support and Protection for Children and Their Families. Scotland.

<http://www.gov.scot/Resource/Doc/26350/0023700.pdf>

Scottish Book Trust (2018), '*The importance of the Home Learning Environment*'.

<http://scottishbooktrust.com/bookbug/working-with-bookbug/research/the-importance-of-the-home>

Scottish Executive (2005), '*Parents' views on improving parental involvement in children's education*'. Astron. Edinburgh. <http://www.gov.scot/Resource/Doc/37428/0023556.pdf>

Scottish Executive (2006), '*Scottish Schools (Parental involvement) Act 2006 Guidance*'. Edinburgh. Astron. <http://www.gov.scot/Publications/2006/09/08094112/0>

Sosu, E. and Ellis S. (2014), '*Closing the Attainment Gap in Scottish Education*'. York. Joseph Rowntree Foundation. <https://www.jrf.org.uk/sites/default/files/jrf/migrated/files/education-attainment-scotland-full.pdf>

Swain, J. (2009), '*Evaluating the impact of family literacy*'. In: Basic Skills. Bulletin No. 73, May 2009, p4-5.

Sylva, K., Melhuish, E., Sammons, P., Siraj-Blatchford, I. and Taggart B. (2012), '*Final Report from the Key Stage 3 Phase: Influences on Students' Development from age 11–14*'. Effective Pre-School, Primary And Secondary Education Project (EPPSE 3-14). <http://dera.ioe.ac.uk/14069/7/DFE-RB202.pdf>

Sylva, K., Melhuish, E., Sammons, P., Siraj-Blatchford, I. and Taggart B. (2014), '*Students' educational and developmental outcomes at age 16*'. Effective Pre-school, Primary and Secondary Education (EPPSE 3-16) Project. Research Report.

The Scottish Government (2006), '*Scottish Schools (Parental Involvement) Act 2006*'. http://www.legislation.gov.uk/asp/2006/8/pdfs/asp_20060008_en.pdf

The Scottish Government (2012), '*National Parenting Strategy*'. Edinburgh. APS Group Scotland. <http://www.gov.scot/Resource/0040/00403769.pdf>

The Scottish Government (2013), '*Children and Young People (Scotland) Bill: Explanatory Notes*'. Scottish Parliamentary Corporate Body. APS Group Scotland. <http://www.legislation.gov.uk/asp/2014/8/contents/enacted>

The Scottish Government (2014), '*Adult Learning in Scotland: Statement of Ambition*'. Edinburgh. APS Group Scotland.

The Scottish Government (2015), '*Scottish Attainment Challenge*'.

<http://www.gov.scot/Topics/Education/Schools/Raisingeducationalattainment/>

The Scottish Government (2016), '*Review of Family Learning: Supporting Excellence and Equity*'. Edinburgh. APS Group Scotland.

The Scottish Government (2017), '*2018 National Improvement Framework and Improvement Plan*'. Edinburgh. APS Group Scotland. <http://www.gov.scot/Resource/0052/00528872.pdf>

The Scottish Government (2017), '*Education Governance: Next Steps*'. Edinburgh. APS Group Scotland.

Treanor, M. (2017), '*Can we put the 'poverty of aspiration' myth to bed now?*'. Edinburgh. Centre for Research on Families and Relationships (CRFR).

van Steensel, R., McElvany, N., Kurvers, J. and Herppich S. (2011), '*How effective are Family Literacy Programs?: Results of a Meta-Analysis*'. Review of Educational research. Vol. 81, No. 1, p69-96.

Weaver, R., Hanks, J. and Staiano, S. (2017), '*Developing a Scottish STEM Evidence Base: Final Report for Skills Development Scotland*'. Ekosgen.

<http://www.gov.scot/Publications/2017/10/1386/downloads>

Foghlam Alba

Taigh Denholm
Pàirc Ghniomhachais Almondvale
Slighe Almondvale
Baile Lèibhinn
EH54 6GA

T +44 (0)131 244 4330
E enquiries@educationscotland.gsi.gov.uk

<https://education.gov.scot/>

© Dlighe a' Chrùin. Tagh nì.

Faodaidh tu am fiosrachadh seo ath-chleachdadh (ach a-mhàin ìomhaighean agus suaicheantais) an-asgaidh ann an riochd no meadhan sam bith, fo theirmean Open Government Licence cho fad 's a tha e air ath-chruthachadh gu ceart agus nach eil e ann an co-theacsa meallta sam bith. Feumaidh an stuth a bhith air aithneachadh mar stuth air a bheil còir aig Foghlam Alba agus ainm an sgrìobhainn a bhith air a thoirt seachad.

Gus an cead seo fhaicinn, tadhail air:

<http://nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence>

no cuir post-dealain gu: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk

Far a bheil sinn air fiosrachadh a chomharrachadh aig a bheil còir aig treas phàrtaidh, feumaidh tu cead fhaighinn bhon fheadhainn aig a bheil na còraichean sin.